



Blair. 186.

E. S. Murray
AN Sep. 1887

TREÒIRICHE:

NO,

CÉUD LEABHAR NA H-ÒIGRIDH,

A THEAGASG DHOIBH

GÀIDHLIG A LÉUGHADH 'S A LITREACHADH GU H-EAGARRA,

ANN AN ÙINE RO GHORRID.

LE

SÉUMAS MUNRO.

“ Treòirich paist’ air slighe na còrach,
'S leanaidh e i fad 's is beò e.”

DUN-ÉIDIN:

MAC LACHLAINN, AN STIÙÄRTACH, 'S ÄN CUIDEACHD.

GLASCHO: DONNACHADH MAC BHEATHAIN.

IONBHAR-NIS: SÉUMAS MAC A' GHOBHA.

30 MY
1958

F A C A L

Ris an Léughadair.

Do bhrìgh's gu'n do chaith mi cuid mhòr de m'ùine a' beachdachadh air càinnt nan Gàidheal, agus gu'n d'thug mi fainear, nach robh rian no eagarr ceart air aon sam bith de na leabhrachain a chaidh, roimhe so, a chur 'an clò, los Gàidhlig a theagasc d'ar n-òigridh,—chainig fotham, air än sgàth-san, oïrp a thoirt air duilleachan ùr uidheamachadh, a dheanadh än *treòrachadh*, gu socrach, furasda, gu mion-eòlas air litreachadh 's air léughadh än cainnte dùchasaich.—Tha mi 'n dòchas gu'n d' eirich mo mhiann leam, agus gu'n dean gach fear-teagaisg toinisgeil 's an tir, *sin* aideachadh gu réith. Chì iadsan, ann am plathadh, an dealachadh mòr a ta eadar an leabhran so, agus a' ghnè ris am beil iad féin cleachdte.* Ann an so,

* Chì a' CHLEIR Ghàidhealach so mar an céudna, o'n is iad a's fèarr sealladh air cùis mar so. Agus tha mi 'n dòchas gu'n dean *iadsan* än dìchioll càirdeil air an leabhran seo a mholadh do gach sgoil fa leth a ta fo 'm beachd 's fo 'n smachd féin feadh na tire; mar sin agus do na Comuinn *Ghallda* a ta 'còmhnhadh, no a' cumail suas sgoilean feadh na Gàidhealtachd. Cha-n urrain mise ach mo *thoil* 's mo *shaothair* a thaisbeanadh chum feothas a chur air fòghlum nan Gàidheal; ach aig a' Chléir tha an *comas* mar an ceudna: agus tha 'fhios agam gu'm beil mòran diubh ro dheònach air än cainnt mhàthaireil a theagasc do'n òigridh Ghàidhealach, a *nise*, na's mion-eagarra na b'abhaist à teagasc riabh roimhe dhoibh. Ma's ann de'n chèaird a' *chungaideh*, ma ta,—air chinnt mar is feotha a' chungaideh 's ann is fearr a ni am fear-cèairde ä għnothach, agus is maisiche loinn ä ghniomha.

tha gach fine bhriathran de 'n aon nàdur, rianaichte air leth. Ann an leabhrachain eile, gheibhear, 'näm *brolamas feadh a chéile*, briathran a ta tur ao-coltach 'nän nàdur, 'nän dreach, agus 'nän altachadh.* Tha so a' cur an fhòghlumaich 'nä bhreislich, leis na tha aige de riaghailtean tarsanta ri chuimhneachadh còmhla. Ach, anns gach leasan 's an leabhran so, cha-n eil aig an sgoilear òg ach aon riaghait ri 'cumail 'nä bheachd, gus am fàg e gach leasan fa leth. An t-slighe a bha roimhe làn droighnich 'us cheap-tuislidh, tha i nise réith, socrach, cònard. Mar is fusa, ma ta, a nitear turas air rathad-mór réith, a nise, na dheanteadh e roimhe so air frith-cheum garbhlaich, no air aisridh monaidh;—mar sin, faodar a bhi cìnnteach, gu'n dean am fòghlumach tuilleadh adhairt air an leabhran so, na bu chomasach dha a dhean-amh, air aon fhear sam bith eile de 'n t-seòrsa a chaidh riabh a chlò-bhualadh.

An seòl agus an rian a lean mi ri linn a bhi cur ri chéile na h-oibre so, faodar än tuigsinn le sùil a thoirt air gach *stios*.¹ Tha an leabhrachan 'nä *thri Roinnean*. Tha a' chiad *Roinn* a' tòiseachadh leis na facail a's lugha 's a's fusa 's a' chainnt. 'S a' cheud dol amach, tha gach co-fhonn 'gä nochdadh aig *tùs fuinn*, mar seo; *na bì, ri bò, le cù, &c.*: agus a rìst aig ä *dheireadh*, mar seo; *ad ùr, os òg, &c.* An sin tha facail thri litrichean 'gan taisbeanadh, agus na fuinn,—lom,²—mar an céudna,—mar seo; *bab, bad, lag, sal, mar, &c.* 'An déigh sin, thatar a' sòmplachadh³ nan co-fhonn *soimeasgail*,⁴ mar seo; *brod, cron, fras, còrd, bàrd, &c.* Agus a thaobh 's nach gabh leasan cur ri chéile gun fhuaim *s* a bhi ann, b'eadar dà fhuaim na litreach sin a leigeil ris gu tràth.

An déis an sgoilear a thoirt gu socrach an fhad so,

* Cha-n eilan ann aig nach eil ä *bhriathrachas fein*. Cha d' thugadh riabh roimhe seo (le fios dùmhsa) oírp air an eilan a ta 's an dara *Roinn* de so, a theagastg do na Gàidheil 'nän cànan fein; agus uime sin, b'èiginn ainmean a thoirt air cuspairean a bha againn gun bhaisteadh gus a nis.

1. page. 2. plain. 3. exemplifying. 4. *soi-measg-ail*, com-

chuireadh m' ä chomhair na co-fhuinn *chaigneach*,⁵ a réir än co-dhàimhe agus än altachaidh.⁶ Mu dheireadh, chuireadh ann an òrdugh-catha gach seòrsa bhriathran anns am beil, aig na fuinn, fuaimean *àraidh*, eadar-dhealaichte o na fuaimean a bha aca 'sna leasain rompa so. Iar än càradh 'an sid 's an seo tha sreathan litreachaidh,⁷ mar ath-chleachdad⁸ air na riaghailtean, agus a theagasc do'n sgoilear a' chainnt a sgrìobhadh.

'An àm a bhi 'g ionnsachadh na h-Aibdeile, no a bhi 'litreachadh facail,⁹ féumaidh am maighstir a thoirt air an sgoilear *ké* a radh ri *c* (*cha-n è sē*); agus *gé*, (*cha-n è jā*) ri *g*.—Ri *s*, leth ri *i* no *e*,¹⁰ féumar *ish* a ràdh; ach, 'an leth ri *a, o, u*,¹¹ abrar *iss* ri *s*. A thaobh na codach eile de 'n *Roinn* so, faodar dol roimpe mar thoilichear; ach na cuirear an sgoilear bharr leasain sam bith gus am bi e aige gu fileanta, cìnnteach.

Is gràmar goirid Gàidhlig an dara *Roinn*. Ann an seo tha sòmplachadh air a h-uile *car*¹² a chuirear air *ainm*,¹³ air *feairt*,¹⁴ agus air *gniomhan*.¹⁵ Fóghnaidh leasan goirid air seo gach latha, gus am bi an sgoilear ealamh air léughadh. Ach an sin, ionnsaicheadh e ainm agus feairt a charachadh,¹⁶ gach latha, agus *gniomhan* a rianachadh,¹⁷ gus am bi e tur-chlis air an obair.

Is earrannan de'n *Bhiobal* an treas *Roinn*, a ta 'dearbhadh theagasan a' chreidimh Chrìostaideh. A bhàrr air na rannan a ta clò-bhualte 'san Roinn seo, tha caibdeil agus rannan eile, comharraichte fòpa, air an éudar do'n sgoilear amas, anns a' Bhiobal féin, an dara cuid anns an sgoil, no aig an tigh,*—agus a dh'f héumas e chàradh ris na tha clò-bhualte, mar dhaingneachadh air an teagasc àraidh a tha na rannan clò-bhualte a' dearbadh.—Is còir rann no 'dha ionnsachadh air mheomhair, gach latha, de

binable. 5. caigionn-ach, in pairs,—aspirate. 6. articulation. 7. spelling columns. 8. recapitulatory exercises. 9. spelling a word. 10. mar seo; 'si, ris, seid, frois. 11. mar seo; sàs, sod, bus. 12. change, case. 13. noun. 14. adjective. 15. verb. 16. to decline. 17. to conjugate a verb.

* Deanadh párantan an aire thoirt do'n carail seo.

na tha clò-bhuailte, agus an sgoilear a cheasnachadh 's a shoilleurachadh mu'n déibhinn gus an lan-tuig e iad, agus gus am bi na teagaisg gu h-iomlan taisgte 'nä ìnninn, gu seadhach, snasta. Ma leanas am fòghlumach, mar seo, 'san sgoil, gus am bi e 'nä làu-mhaighstir air an leabhran seo uile, cha chìram nach bi e sàr-mhurrach air leabhar Gàidhlig sam bith eile a léughadh gu h-ealamh; agus tha mi 'n dòchas gu'm bi aige urad de Bhriathar na Firinn' an tasgaidh 'nä mheomhair, 'sa dh'fhaodas, le còmhnhadh an Spioraid, à dheanamh " glic a chum Slàinte."

AN AIBIDIL.

a	d	g	l	o	s
b	e	h	m	p	t
c	f	i	n	r	u

A	D	G	L	O	S
B	E	H	M	P	T
C	F	I	N	R	U

b d p h m u n r t s g f l i o c e
B R P D O C G S I F E M N H L T

Na Fuinn.

a e i o u

Na fuinn ghléusta.

à é è ì ò ó ù

Na co-fhuinn.

b c d f g l m n p r s t

Na co-fhuinn chaigneach.

bh ch dh fh gh - mh - ph - sh th

FACAIL AON SMIDE.

a	e	i	o	u
à	é	ì	ò	ù
bà	bé	bì	bò	bù
cà	cé	cì	cò	cù
dà	dé	dì	dò	dù
fà	fé	fì	fò	fù
gà	gé	gì	gò	gù
hà	hé	hì	hò	hù
mà	mé	mì	mò	mù
nà	né	nì	nò	nù
pà	pé	pì	pò	pù
rà	ré	rì	rò	rù
tà	té	tì	tò	tù

Léughadh.

na	bì.	ri	bò.	le	cù.	co	è	a	ta	ri	gò?
ga	rà.	gu	dù.	ri	cò?	ta	è	gu	bì	ri	bù.
eo	è.	ma	tà.	mo	rì?	ta	ì	ri	tì	le	fà.
gu	ré.	le	fà.	fo	lò.	ni	h-ì	ge	tà	ta	rì.
dà	là.	ri	bù.	ho	rò!	ta	cù	ri	té.	ri	cò?
ta	è.	gu	bì.	ri	té.	hu	hù,	ni	mì	ta	fò!
ni	h-ì.	ta	rà.	po	hò.	ha	hà,	ta	cù	ri	bò!
co	è.	ta	rà.	ri	cè?	pu	hù,	'ga	rà	le	gò!
ge	h-è.	ni	mì.	le	gò.	o	hò,	ta	bó	ri	mò!
bu	tù.	ge	tà.	mo	rì.	hi	rì,	hi	rì,	ho	rò!
ni	mì.	na	è.	na	ì.	bi	bì,	bi	bì.	ri	cò?
ha	hà!	hi	rì!	ho	rò!	fì	fà,	rù	rà,	hù	hò.

Léughadh.

ad ùr. os òg. ìm ùr. àl òg. le òl. ab ab.
 ur bò. ar cù. do rì. mo là. ùp mi. òl e. ob òb.
 dà os. òr ùr. ut ut. cò i? té òg. gun ig gun ag.

FACAIL THRI LITRICHEAN.

a e i o u

Na fuinn goirid.

ab...bab, cab, gab, pab.—ad...bad, gad, fad, sad.—ag.. dag, lag, mag, rag.—al...gal, sal.—an...ban, can, fan.—car, far, gar, mar, nar.—bas, cas, gas, las.—bat, cat, mat.—ead...fead, cead, beag, deas, teas.—beil, ceil, deil, meil.—beir, deir, geir, ceit.

did, big, bil, mil, min, fir, fios, lios, ciot, cion—rob, boc, dod, dog; col, dol, mol; con, don, gon, lon, son, cor, tor, bos, cos;—bus, cus, dus, dud, rud, dul, mul, sul, gun, cur, gur, lur, tur.

Cù lag, dag rag. c'ar son? gun dad. gu tur, fan as. las gas. mol rob. gu deas. teas mòr. na pab dad. rud beag. bus ceit. min ùr. do lur.

Na fuinn fada.

(à)...càb gàd gàg càl fàl;—màl, dàn làn màn ràn;—pàp làr nàr sàr bàs;—càs fàs màs sàs.—(é)...béub, céud géug béil;—céin féin téid céum féum géum;—béin céir géir péil.—(i)...bid dìd bìg dìg ìm;—tìm, mìn cìr fir.—(ò)...mòg, pòg bòl pòl;—còn lòn ròn mòr;—òrd còs fòs tòs lòd;—mòd dòb ròd gòm pòr.—(ù)...cùb dùn dùr mùr dùs;—tùr dùd gùg cùl;—tùm rùp lùs tùs cùm dùr.

Léughadh.

Bù mòr. Cù sàr. Dùn àrd. Eas cas. Fal ùr. Glé làn. Iun fein. Lus òg. Màn dùr. Nì nàr. Ord beag. Pòg Ceit. Ròp béin. Sàr làn. Tàr as. Ur ros.—Up as e. Can òr-an. Dòb le céir e. Ol as e. Fàg ag-am rud. Leig as mi. Fan ri Rob. Mar ri Pòl. Na bi ri bòl. Fàg mo ròp. Dud dùd. Gug gùg. Rud mìn mìn. Té gun túr. Cùl bànn. Gèum bò. Ni i féum. Cìr e le cìr. Trus mo ròp. Car ùr. Lòn mòr mòr. Gùn glé ùr. Bas gun lùs. Cù gun túr. Dos mìn ùr. Mar lus mìn òg. Cùm òl ri Rob. Bi gu bì fòil. Gar do lur. Fan o'n túr. Fad o lò.

CLEACHDADH

*Air na co-fhuinn shoimeasgail.**

1. Aig tùs smide.

Blad, clàd, crag, cràg, bran, gràp, glas, gràn, dram, fras, prat, srad, trà;—bleid, bréid, creid, créud, dréin, preas, tréin, cleas, cléir;—cliop, fliob, gliog, glìm, crios, crion, drip, frìd, grìm, grìd, priob, trìd;—brod, bròn, cron, cròg drog, fròg, grod, gròb, prot, trod, trot, sròn, sròl;—blon, clos, dlò, flob, glog, glòm, plod,—sloc, smod, snòd, spor, spòg, stob, stòp.

Clùd, dlùs, flùr, glug, glùn, plùb, plùm, tlus, crùb, crùn, drùb, grul, prug, srùb, srul, trup, trus.....scar, screib, scrid, scor, scùm; sgar, sgeir, sgìr, sgol, sgud, sgùr; slat, sloc, slab, snag, snòt, srad, srèin, stòr, stàr, stùr; scriob, sgrios, stràc, sprog, spreig, splad.

Air na co-fhuinn shoimeasgail.

2. Aig crioch smide.

Arc àrd càrn alt balt falt marc mart càrr fang mang
gart calc malc calg marg casd casg.

Déirc, páirc, cèird, feirg, meirg, eilm, beirm, geilt, ceilt,
sgeilm.—Cirb, circ, gilb, sgilm, tilg, tiolp, tiorp, stiore.—
Corc, còrd, lorg, gorm, còrn, còrs, ort, olc, bolg, tolm,
colp, torm, corp, molt, mort, trosg, bòst, scolb, tromb.

Mulc, bulg, gulm, mult, ùng, crùmp, sùrd, lurg, furm,
bùrn, cusp.

Léughadh.

Ad àrd. Balt ùr. Calg géur. Diol déirc. Earb òg.
Falt bànn. Gart trom. Lus olc. Màl mòr. Na tilg dad.
O'n tolm ud. Prop ri bulg. Rub còrn Rob. Sgol o'n
sgar. Tùm as e. Üng le h-ìm e. Inn's mur bì. Hò, Rob,
greas ort!

* *S iad na co-fhuinn shoimeasgail iad sin a thàlai's gu sruthail
ri chéile ann an toiseach no 'an deireadh smide, mar so: bl, br, cl,
cr, dl, dr, fl, fr, gl, gr, pl, pr, sl, sr, sc, sg, st, sm, &c.—rc, rd, rg,
rl, rm, rn, rp, rs, rt, lb, lc, lg, lm, lp, &c.

Air dà fhuaim s.

sà sò sù. — sa so su.
às òs ùs. — as os us.

R. Leth ri a, o, u, tha fuaim *chruaidh* aig s, mar so,—
sàs, còs, tùs; cas, dos, dus; ach, leth ri i, e, tha aig s
fuaim *bhog*, mar *sh* 's a' Bhéurla: mar so,—'sè, 'sì, sin,
mis, leis, tais, fois.

Léughadh.

Sàs ris. Stad treis. Sad duis. Séid sin. Sin tùs frois'.
Na sòr dol ris. Na sir sin. Fair mo spor. Nis, éisd ri
sin! Cuir sùrd ort. Tóm réisg. Béisd éisg. Up sìos sin.
Seòl sid do Scot. Bùrn fo sgop? 'Sè, 'sè.

* Sud marc. So làir. Co è sud? 'Se sud Sìm. Seas
a sin. C'ar son? Sin sac làn sìl. Sìn as gu sud!—Is tùr
sin. Is sgeir so. Is seòd e. Is marc mòr sin. Is e, gu
fior. Huis, huis! Leig leis fois. Sin cearc. Siug, siug!

ATH-CHLEACHDADH

Air na co-fhuinn shoimeasgail.

Blàr	bras	gilb	sgùr	alt
cléir	créis	balg	rùsg	tlà
flùr	drip	tilg	slat	àrc
glùn	frìd	spealg	tlàs	crà
plàsd	grod	spilg	màlt'	calg
scùrr	pràis	builg	tlàm	clag
scléit	scròb	salm	corc	sult
sgleog	sgreag	alm	croc	tlus
slat	spreòd	tolm	còrd	olc
spliug	sròn	cuilm	drog	clò
trod	strì	calp	sràid	lurg
tromb	fang	earb	braïsd	grul
camp	eang	borb	mort	sgolp
mult	scòrr	lorg	trom	plosg
lorc	asc	meirg	seilg	calg
bòrd	ròsd	lurg	leisg	glag

* Faclaichear *sud* agus *so*, mar *siud*, *seo*; agus *is*, mar *us* 's a' Bhéurla. 'Se *siud* 'us *seo* bu chòir' a sgriobhadh, seach so 'us *sud* a bhi 'nän cip-thuislidh do'n sgoilear òg.

torp	nasg	dearg	biorg	colp
gort	brusg	gorm	brisg	ploc
còrs	cusp	seirm	seirc	rùsg
fiars	biast	tàrl	creis	sgur
dearrs	féist	càrn	rosq	spor
tart	post	ealp	sgrog.	ròsp.

Air ceart-altachadh nan co-fhonn

t d,—c g,—p b.*

tà	dà	car	gar	pap	bab
té	dé	cas	gas	pas	bas
tì	dì	cog	gog	péin	béin
tò	dò	cur	gur	pléid	bleid
tù	dù	clais	glais	prais	brais'
tàn	dàn	créis	gréis	pac	bac
teas	deas	clag	glag	poc	boc
tàr	dàr	céir	géir	pur	bur
tóm	dóm	cíll	gíll	prat	brat
téug	déug	cab	gab	pris	bris
tàl	dàl	càin	gàinn	prog	brog
tait	dait'	coin	goïn	pàis	bàis
tuit	duit	cois	gois	prot	brot
tuil	dùil	cuir	guir	pinn	binn
tùis	duis	céill	géill	péur	béurr.

Air altachadh g, c, chd, aig crioch facail.

Mag	† mac	‡ achd	càrd
bag	bac	ochd	càrt

* Tha mòran cloinne do 'n àbhaist *gas* a radh ri *cas*:—am *bàp* an ait' am *pàp*;—an *dé* ud, an ait' an *té* ud;—an *d-ait'* ud, an ionad an *t-ait'* ud, &c.—Am fear-teagaisg do'n eòl ä ghnothaich leighisidh e 'n droch altachadh sin le 'chuid fhòghlumach a dheagh oileananachadh air an t-slios so.

† Bu chòir fuaim *k* 's *a*' Bhéurla thoirt do'n litir e aig deireadh gach facail 's an t-sreith so, agus 's na facail—*boc*, *broc*, *brac*, *béuc*, *buie*, *caile*, *ceare*, *cire*, *core*, *coire*, *duire*, *fore*, *lie*, *luire*, *male*, *stalc*, *sgailc*, *glaic*, *muic*, *peic*, *reic*, *ròic*, *tore*, *orc*, *uire*, *sprae*, *strac*, *stroic*, &c. &c.—*ach*, mar is trice, tha na Gàidheil ag altachadh e aig deireadh facail mar che,—mar so,—mache, *bache*, *fache*, &c.

‡ Tha fuaim *c* aig d anns an smid-chrìche achd. Cha'n eil 'an

fàg	fac'	uchd	àirc
glag	glac	beachd	airc
leag	leac	brùchd	gréis
dearg	dearc	dréuchd	greis
calg	calc	sneachd	sgag
cuilg	cuilc	iochd	gasg
seirg	seirc	tlachd	musg
lorg	lorc	sliochd	sgùm
marg	marc	smachd	pàist'
maирg	mairc	bachd	puist
sog	soc	éuchd	stob
mug	muc	bochd	stòp
sag	sac	tachd	pleoc
creig	creic	lochd	pluc

CLEACHDADH

Air na co-fhuinn chaigneach,
bh, mh, ph, ch, gh, dh, fh, &c.

R. Tha fuaim bh mar v's a' Bhéurla.—

bhà	bhé	bhì	bhò	bhù
và	vé	vì	vò	vù
bhà	bhéus	bhìd	bhò	bhrù
bhàn	bhéum	bhìg	bhòd	bhùt
bhàrr	bhéul	bhìos	bhòrd	bhù
bhàs	bhréug	bhìog	bhròg	bhùrt
bhad	bheag	bhil	bho'n	bhun
bhas	bheir	bhris	bhos	bhus
bhan	bhreab	bhior	bhrod	tubh
gabh	dealbh	bhriosg	bhrot	subh

Cùm do bhas. Is olc do bhéus. C'ar son sin? Bha Rob ag òl. Gabh gu fois. Bhéum an clag. Cuir orm

so ach truailleadh a thainig o nòs air faclachadh nam briathran sin 's an leithid; chionn, o shean, sgriobhadh agus theireadh iad acht, ocht, reacht, brùcht, &c.

mo bhròg. Cò bhrod mi? Seo, seo, òl do bhrot. Fan 'nä bhun. Fan o'n bhòrd sin. Bha e bhos bho'n dé. Cuir sin as do bhéul. Cò bha siud? Bha bean bheag, bheag. Sin do bhus làn de bhrot. Ni mi dealbh cait. Sin dròbh de nì dubh. Bha 'bhean bheag bhàin làn bhréug. Is olc mar bhà i. Is olc, gun ag. Cò bha riut? Bha 'bho bhàin. O bhòbh, an i?

Fuaim mh.

Cha mhòr nach eil fuaim bh agus mh ionann ach gur e,
mh a's smùchdaiche: mar so,—bhàs, mhàs.

mhàg	mhéug	mhìn	mhòr	mhùr.
mhàs	mhéur	mhìr	mhòd	mhùig
nìhàm	nèamh	mhìos	mhòg	sùmh
tàmh	sèamh	giòmh	còmh	mhù
mhag	mheil	mhin	mhol	mhult
damh	deimh	nimh	romh	cumh

Mharbh sibh am mart dubh. Mharbh, an dé. Bu mhòr do bhòsd as. Gabh gu tàmh. Ol do mhéug. Crom do mhàg mhòr. Is nimh sin, na h-ol e! Bheir nimh do bhàs. An do mheil sibh a' mhin? Am beil damh 's an dròbh mhòr sin? Glan do làmh. Fàg mo mhìr. Bha do bhrù làn. Dùin do bhlad. Bha giòmh 's a' bhò. Mhol e i gu mòr. Bu mhisd' i an còrr.

Seo, gabh subh. Bhris an damh dubh an nasg. Seo, cum mo mhusg, gus am buain mi slat. Cò bha sealg? Bha Torm.

Fuaim ph; mar f.

phà	phé	phì	phò	phù.
fà	fé	fì	fò	fù.

phab	Phòs Mòr bhàin an dé. Cò phòs i? Phòs Rob
phrat	Mac Phail. Phab Ceit bheag mo bhréid. Bha
phasg	Ceit riabh làn phrat. Phut i mo làmh. Phòg i
phrab	an cat. Fair slat 's gu'n sgiùrs mi 'bhiasd!
phéur	Ciod bu phris do'n phòr? Bha e pris glé mhòr.
phléid	Srul a' phoit bheag, a Mhòr. Co i an té ud?

phriob	Siud an té bha seo an dé. O ! 'sì, Ceit mhìn,
phris	bean òg gun phléid. Seas á sin. Am faic sibh
phios	sid ? Ciod è ? Phlub iasg 's an lub. An do
phòs	phlub ? Phlub, gu dearbh. Tilg clod 's an
phòr	lub. Seo dà phios crè. Na tilg dad 's an lub.
phlod	Leig fois do'n iasg. Fan làmh rium, sin an
phrop	damh dubh !
phlub	Phrab i do bhad lìn. Bha an lios seo, uair,
phlùm	làn phéur. An do phrop sibh an dà phreas ?
phurp	Có leag a' pháire mar seo ? Leag fear gun
phur	phurp. Phur an tarbh an damh dubh. Pheasg
phoit *	mo làmh gu h-olc.

ch = uch.

cha	Cha robh e mach ? Cha robh è. Chì mi'n
chab	loch. Gar do chas. Cìr mo cheann. Cha chìr
chan	mì. Chùm mi as dà phios, Na mùch mi mar
char	sin. Croch do chrios gun stad. Bha 'chìs mòr
chas	orm. Bha i trom gun ag. Dà chéud speach.
chàrd	Deich céud each dubh. Tog clach bheag do
chéud	Challum. Cha tog gu dearbh, tog fén té.
chéum	Mharbh sibh lach, nach do mharbh ? Cò bha
chéus	mach mar-ribh ? Bha Rob Tolm. Chab sibh
chìs	mo spor. Teich o'n luch ! Och, och 'smi nach
chìr	teich. 'S droch speach e seach càch. Chi mi
chon	nach bi neach nach bi ris. Fan gach àm o gach
chog	droch neach. Chòn mi i seach an stang. Nach
chor	cluich e 'phìob mhòr ? Cha chluich e ach dà
chùm	phort. Chaisg mi mo chù. Chlisg an tarbh
chùb	garg mi. Nach searbh blas nan sealbh-ag ? Is
chun	searbh e gu dearbh. Mhìn-ich e' chlach bhreac.
chùl	Bi sàmh-ach tosd'ach, gun droch fhoc'al.
lach	
mùch	
crìch	
croch	

* Cha'n fhaighear *ph* aig deireadh focail sam bith 's a' Ghàidhlig.

gh = ugh.

ghab
ghràb
ghad
ghàd
ghéum
ghéig
ghrìs
ghil
ghlìb
hog
ghon
ghur
agh
léigh
brìgh
sògh
sùgh
ghar
sleagh
deigh
déigh
saigh

Cùm do ghab. Fàg mo ghùn. Sin do ghilb.
Cha bheag an gàd e sin. 'Si 'bho għlas a ghéum.
Faigh do għràb, 's bi mach, a Cheit. Trus
do ghùn, 's greas ort. O! 's tu bean gun àgh!
Mur tig an léigh cha bhi brìgh 's a' phlàst.
Mur tig is ole do 'n té għil. Ach bha sùgh 's a'
chire! An do għar sibh an lean-abh? Faigh
rāmh do'n gharr'ach, nach faigh? Car son?
Los e gä imirt 's an loch. Nach fliuċh an là so?
Bha 'ghlìb fliuċh riabh. Bha, bha, is i chuir
orm a' għrìs. Loisg a' ghéug sin. Ach bha
sùgh 's a' ghéig! Għar i sibh gun chàird. Ach
ghar i. O! ghon e mi le sleagh! Och, mo
chreach, an do ghon? Féuch am faic sibh an
léigh? Cuir-ibh plàst ris an lot, mu 'm bàs-
aich an tréun! Ghog a' chearc os mo cheann.
Għùg a' chubh-ag moch an dé. Għabb mi
fiamh nach faight' an sgian. Sid am mart dubh,
falbh 'nà déigh. Cùm o'n deigh i, mu 'n tuit i.
'S e saigh bata ta so. Is dògh leam gur h-è.

dh = gh.

dhàn
dhag
dh' at
dh' ēisd
dh'isp
dh'ob
dh'ùp
dh'ēug
dhòirt
dhùisg
dhubh
dhamh
bidih

Suidh làmh rium, Eili. Na dùisg an lean-
ab beag. Cuir seach'ad do dhag, a Rob.
Seall mar dh'at do chor'ag. Dhòirt an cù am
méug. Dhùisg a' chaile bheag. Dh'ob i dol
do'n chrò. Dh'ēug an rìgh còir. Dh'ēir-ich a'
mhin. Seall sid dròbh dhamh. Don biddh ort,
bi sàmhach. Nach faca tu riabh féidh? Cha'n
eil mi ro chinn-teach. Faigh an liadh, 's tog
do bhiadh. 'S mòr an cràdh a bhi 'n gràdh.
Biodh modh ag'ad, a bhiasd. Dùin an dor'us.
Dhùin mi chean' e. An do dhubh sibh na bròg-

cràdh an? Cha do dhubh. Buail'ibh orra. Am fac'a sibh am bàrd an diugh? Chaidh am bàrd o'n tigh an dé. An deach, an deach? Chaidh è. Cò bha ris a' chrodh? Bha Peigi Ruadh.
 crodh Ghabh an te mhòr dhubh a phòs di-màirt a' bhreac. Laidh a' ghrian o cheann treis. Nach tiugh an neul dubh ud gu h-àrd? Cha d'éir-ich a' gheal'ach? Cha d'éir-ich, ach éir-idh gu goirid.
 troidh
 suidh
 modh
 biadh
 liadh
 gràdh
 cràdh

Cleachdadadh air bh, ch, dh, gh.

Facail dà smide.

alt'ach	sògh'or	meilbh'eag	éur-adh
bach'lach	sùgh-or	ull'amh	cìr-eadh
làr-ach	miagh'or	fal'amh	còrd-adh
mach'lag	éigh-each	sol'amh	cùr-adh
sal'ach	sleagh'ach	air-eamh	tor'adh
còs-ach	sluagh'ach	ur'chasg	far'adh
mus'ach	amh'as	glomh'as	dìr-eadh
lap'ach	clomh'ach	triubh'as	fir'each
nàr-ach	abh'ian	giubh'as	sir'eadh
gòr-ach	iodh'al	sàbh-aitl	sil'eadh
crùb-ach	fogh'an	samh'aitl	fàil-eadh
dìr'ich	friogh'an	lù-chairt	péil-eadh
ùr-aich	tomh'as	ach'adh	foil'eadh
àr-aich	uamb'as	bol'adh	fuil'eadh
cron'aich	uabh'ar	cog'adh	bùir-eadh
slàn-aich	drabh'as	fad'adh	fòirn-eadh
las'aich	marbh'phasg	gar'adh	bàs-aich
àgh-or	ailbh'eag	fàr-adh	os'nàich

Cleachdadadh air Fh. *fh balbh.*

fhàl Am féum i falbh? Cha-n fhéum i. B'fhìr
fhéum dhroch fhear e. Na pab mo fhlùr, a Mhòr-
fhìr ag. Nach dubh an fhròg ud? Is dearbh
fhròg gur dubh. Bha an fhras ud trom. B'fhìor
fhlùr mar bhà. B'fhus' is' fhògh-luin na es'-an.

<i>fhras</i>	Nach fad' 'fholt? Fair dhomh m' fhàl, Ail-ein.
<i>fhead</i>	Có a ni fead? Có ach Diar'mad?
<i>fhir</i>	Cùm do làmh dhe m' fhalt.
<i>fholt</i>	Cha robh d'fhead ach glé lag.
<i>fhus</i>	
<i>fhliuch</i>	Dh'fhàs Tòmas glé mhòr. Dh'fhàs e, gun ag.
<i>fhrois</i>	Dh'fhalbh an long mhòr an dé.
<i>dh'fhàs</i>	An e gu'n d'fhalbh? Och, dh'fhalbh i.
<i>dh'fhalbh</i>	An d'fhéum i falbh cho trà? Dh'fhéum, mo riari.
<i>dh'fhan</i>	Dh'fhuin Ceit an t-ar'an.
<i>dh'fhéum</i>	Dh'fhàisg i an t-an'art.
<i>dh'fhàisg</i>	Nach do fhliuch mi mo chas?
<i>dh'fhill</i>	An d'fhìll sibh mo bhreac'an?
<i>d'fhan</i>	Dh'fhìll, dh'fhìll.
<i>d'fhéum</i>	Is mis' a dh'fhìll e.
<i>m'fhalt</i>	Cha bu bheag d'fhéum dhomh.
	Cìr m'fhalt.
	Gabh do leabhar, 's faigh do leas'an.
	Fan sàmh'ach, tosd'ach.

sh = h.

<i>shàl</i>	Fair dhomh mo shéud, a Shìn'e. Sìn do
<i>shìn</i>	Cheit bhig do shéud. Seall an do shil e.
<i>shròn</i>	Séid do shròn, fhir bhig.
<i>shùrd</i>	Is fir olc do shùrd an diugh.
<i>shrad</i>	Faigh dhomh mo shrian, 's mi falbh.
<i>sheas</i>	An i do shean shrian no do shrian ùr?
<i>shil</i>	Mo shrian ùr.
<i>shuidh</i>	Shil e gu tróm.
<i>shéid</i>	Nach è shéid gu gailbh'each?
<i>shògh</i>	Sheòl an long an dé.
<i>shàmh</i>	Shuidh mi fo dhòn ris an fhrois.
<i>shamh</i>	Chaidh do mhuc a mharbh'adh.
<i>sheisg</i>	Chaidh a' bhò sheisg a reic.
<i>shean</i>	Shluig an t-iасg an dubh'an.
<i>shlàn</i>	Shnàmh an cù an loch.
<i>shrian</i>	Shnaidh mi an dà cham'an le m' chuirec.
<i>shrùb</i>	Fhuair an damh òg bàs.
<i>shluig</i>	Dh'at e, shéid e, 's bhread e 'chasan.
<i>sheil</i>	Na tilg do sheil orm mar sin.
<i>shràid</i>	Shrùb e as a' bheòdir, 's shluig e i.
<i>shal</i>	Nach do ghabh e ä shràid?

th = h.

thà
thîr
thòrr
thùr
thaïsg
theab
thig
thog
thug
dath
dìth
broth
brùth
breith
flath
suth
throd
thù
bruth
gath
guth

Tha thu sgìth, Thearlaich. Tha mi, gu dearbh. Theid thu laidh'e, nach téid? Théid, théid, 's mi théid. An do thog thu chruach? Theab nach do thog. Thaisg sibh an t-òr 's a' bhruth. Thig an so. So bruach làn shuth. Feuch nach brùth thu mo chas. Thug thu dhomh dà shuth? Nach dearg än dath? Gu dearbh 'seadh. Na toir breth luath lonach. Tha broth roimh do ghruaidh dheis. Throd am flath ris an léigh. Chuir am beach ä ghat ad shùil. Cha robh do thùr ag'ad 's an àm. Is toigh leam guth an loin duibh. Is toigh leam broch'an math tiugh. Cha bhi dhìth ort an diugh. Thoir fliug do'n ghar'ach 's a' bhus. Trus ort do'n sgoil. Tha chearc dhubbh an so, a bhean. Thoir dhith na rùisg, Ail'ein. Sid na tri féidh a fhuair am flath. Cia as a thàin'ig na féidh? Thàini'g á frìth an diùc. Seall sid shìos!

Fuaimean àraidh nam fonn.

a.

a
a'
an
am
agh
lagh
magh
blagh
dragh
bragh
spagh
ma

A Choll'a, faigh am bar'a. Nach 'eil a' chiste dùin'te? Cuir an luid sid a chad'al. Am faca tu am fear mòr a bha 'g iasgach? C'àit' an robh e 'g iasgach? Bha shios ud. — Tha dragh 's an agh, Ann'a. Ach, tha sin ann, a Pheigi, ach 's éu-dar 'fhlul-ang. Dragh gu tir an sgoth, a Chall'um. Ma chum'as tu an lagh, cha chuir'ear ort dragh. Nach e an dag a thug am bragh as. B'e am bragh e, chlisg e mi. Seo, gearr spagh leis an fhàl. O! b'e sin spagh gun bhlagh!

àil-e
bil-e
coir-e
bail-e
ùin-e
àin-e
còir-e
prìn-e
is'e

e = è.

bean
dèan
fear
fèarr
gean
neach
dreach
leag
cleachd
meall
geall
steall
beann
ceann
deann
each
leas
meat
feachd
nead
leamh
sèamh

o = ò.

bonn
donn
fonn
toll

e = a'*

Tha an t-àile fuar an diugh. Fan o bhive na craige. Fair dhomh prìne. Sin coire bòidh-each gorm. Gabh furm, 's dean suidhe, a Shìne. Bha ise 's a' bhaile mhòr an dé. Dh'fhan i ùine mhòr ann. Dh'fhalbh i ri àine an lath'a. Faigh mo bhat'a 's mi falbh. Seo e.

Na bean do sin, 'fhir bhig. Nach fèarr crùn na marg, a Thèarlaich? Is fearr na ceith'ir, a Chail'ein. Sguir, na leag am ball'a, a dhuin'e. Cha mhis'e tha ris, ach es-an. Seall, seall an steall bànn! Gheall thu dhomh dà agh an diugh. Ma bhiost tu math gheibh thu iad. Na cleachd thus' an t-olc, a mhic. Cha-n eil an t-each sin ach meat. Ged nach eil, tha e sèamh. An ruig mi leas coire' a thoirt dha? Cha ruig thù, an tràth so. Fhuair mis'e nead. Ciod an nead a fhuair thu? Fhuair nead a' ghur'a-gùg. Am fac' thu riabh an t-eun fionn? Ma tà cha-n fhaca mi. O! 's leamh am bod'ach Each'unn Glas. Cùm a-mach e. Dòirt steall uisgé 's a' chum-an. Seall, sin speach! Ruith 'nad dheann, mu'n sàs-aich i'd cheann. Fair dhomh meall de 'n chrè sin. Na rach'adh neach a-mach gu ceann uair'e. Dean fead agus gheibh thu peic' eòr'na.

Ghoirt'ich mi bonn mo choise. Cuir an lair dhonn 's a' chairt. Ciod am fonn a th'ort? Cuir'ibh am moll 's a' bhalg. Is toll'tach am balg è. Seo dhuit sgonn snàth gus à chà'r'adh.

* R. Tha é-erliche mar a ann an agh.

inoll
 poll
 trom
 crom
 sonn
 sgonn
 bó
 bog
 gob
 tog
 bob
 bois
 cois
 fois
 òisg
 cóig
 boid
 foid
 coill
 foill
 goill
 sgoim
 toim
 moim
 boinn
 loinn
 cloinn
 roinn
 broinn
 sloinn
 croinn
 moill
 toill
 troit
 sgorit
 boit
 boil'e
 coir'e

Tog orm e; cha-n eil e trom. Is tu féin an
 sonn le d' bhalg làn tholl. Tha fonn math
 ort, a nion donn. Cha-n eil do chridh'e id'ir
 trom. Nach bog an sgonn maid'e so? Bha
 e fad'a 's a' pholl. Sin an fear à dh'ith an
 dronn. Cùm do ghob, a bhob'aig, 's gabh
 fois. Tog an óisg do'n fhang. Tha cóig
 meòir air gach làimh ag'am. Tha ag'us air
 gach cois agad. Loisg Seòn'aid à brog le
 fóid tein'e. Bheir mi mo bhoid gu'n do loisg
 i. B'e Fionn rìgh nam Fiann. Tha róng'as
 a dhìth air a' chairt. Cluinn a' phiob! Có
 tha 'g à cluith? Tha Seòr'us an rong'ain.
 Bi'dh sruth ronn aig'e as gach toll de 'n
 fhead'an! Bith'ih, an drong'air bochd. Is
 iom'a boinn'e chaidh riabh 'n ä chóm. Dh'
 fhàg sin es'an lóm. Is olc a bhi tróm air an
 ol. Chi mi lóng air an lear.

Ghabh an t-each maoim. An teid thu leam
 do choill nan cnò? Théid, mur dean thu
 orm foill. Cha do thoill thu orm e. Chuir
 na Goill oillt air a' chloinn. Tha an toim a'
 flìuch'adh bhur cas. Gu dearbh tha loinn air
 an deis' ùir. Sguir, leig leis a' chloinn far
 am beil iad. Ciod a dh'éir-ich do'n bhoinn,
 cha toinn mi an snàth d'à dìth? Chuir i
 moill' ort. An do ghoil a' phoit? Ma ta
 cha do ghoil. An teid thu 'dh'iasgach?
 Theid, ma gheibh thu féin boit. Thoir a-mach
 na croinn. Nach i an sgorit Mor Ghloic?
 Am faigh i roinn de 'n iasg? Mur faigh,
 theid i air bhoile. An coire slat a thoirt à
 doire? 'Seadh an dràsta, ach cha b' eadh o
 shean. Tha croit mhath mhòr ag'ad an so,
 Fhear'ghuis. Tha i agam ead'ar seo 's an dà
 chloich ud shìos. An e an coibe a bh'ag-ad ri

doir'e
croit
goil
cloich
coib'e

seo ? O 'se, cha diong ni eile air, le chruas.
Com'a, thig e h-uig'e ri h-ùin'e. Cliath thus'a
gu math e, 's ni thu deagh fhear'ann deth.
'S e 'n dìch'ioll athair a' phis'ich.

Cleachdad air a* agus e-crìche, &c.

à'r'a	àil'e	brod'adh	àr-ach
béur-la	bil'e	calc'adh	blian'ach
cal'a	deil'e	rèst'adh	còrc'ach
dàr'a	eil'e	èal'adh	dòrlach
eòr'na	cail'e	fadadh	èarr-ach
fear'na	bràist'e	gar'adh	flùr-ach
gléus'ta	taic'e	las'adh	gòr-ach
lios'da	maid'e	mùch'adh	lär-ach
màl'a	muim'e	nasg'adh	mos'ach
nead'a	fuin'e	pòs'adh	nàr-ach
orr'a	spail'pe	rùsg'adh	òn'rach
pòs'ta	fair'e	sparr'adh	péur-ach
pos'ta	càis'e	tlàm'adh	ròm-ach
rù-ta	mais'e	ùmh'ladh	sàmh-ach
snas'ta	sùis'te	brod'adh	giob'ach
tobh'a	mùir'e	crup'adh	gob'ach
ùr'la	daimh'e	snaigh'eadh	bain'neach
blas'ta	crìch'e	till'eadh	coirc'each
cros'ta	seilbh'e	fòirn'eadh	drùigh'teach
siol'a	duil'ghe	smùid'eadh	cùil'teach
dorr'a	cain'be	séid'eadh	buail'teach
meal'a	déir'ce	smèid'eadh	càird'each
dula	coir'ce	cuip'eadh	bòidh'each

Smidean-crìche àraidh.

ur'ad	ceart'as	stiop'al
ias'ad	triubh'as	àin-ean
ros'ad	giubh'as	bràis-dean
ceas'ad	tais'ead	cruach'an
blas'ad	ais'eag	dìg-ean
carbad	duil'easg	éisg'ean

* R. Tha fuaim à-crìche mar é-crìche.

iar'mad	tuir'easg	fròg-an
iom'ad	roil'easg	gàg-an
ion'ad	còn-trachd	lùch'an
an'am	bàrd'achd	mìr-ean
cad'al	car'achd	nead'an
fad'al	dàn-achd	ois'nean
urr'am	eir'eachd	pàist'ean
iorr'am	fiamh'achd	ròide'an
diogh'lam	geas'achd	sràid'ean
fògh'lum	leamh'achd	spain'ean
cùr-am	mòr-achd	téum,an
ciorr'am	near-achd	uchd'an
tior'am	òl-achd	bràis'dean
saor'am	pàit-eachd	croit'ean
ùir'ead	ràmh'achd	cruit'ean
mais'ead	sgiamh'achd	sguab'an
gēir'ead	tiorm'achd	sgoth'an
mills'ead	ùr-achd	peasg'an
mun'ar	iom'all	fleasg'an
cop'ar	cear'cal	bruach'an
glomh'ar	fiac'al	lios'an
ath'ar	deoth'al	cleas'an
màth'ar	breath'al	dìsn'ean
bràth'ar	seag'al	stròic'ean
peath'ar	cog'al	braighd'ean
son'as	peirc'eall	brùid'ean
don'as	piob'ar	

Air ag agus a'.*

Ciod tha na gill'ean a' deanamh? Tha iad a' bualadh an diugh. A bheil a' chàraid a' còrdadh gu math? Chuala mi gu bheil esan a' gearan. Nach eil am pàiste a' ràinich? 'S iad na h-uain a ta a' mèilich. Có a ta nighe na plaide? Tha Ceit mhór Nic an Aba. An e sid Dònull a' sùgradh ri Eili? Tha Eili a' pleatadh a gruaige. Tha Dùgh'all a' lasadh na piob'a. Có a ta dìr-

* Is gearradh a'-air ag, 'an so; tha dìth-ail an àite g.

a' ràinich	eadh na làirce?	Tha sgal'ag a' bhàill'i.
a' sùgradh	A bheil iad a' cur air a' bhun-tà-ta?	Tha
a' tràghadh	Mór a' fadadh an tein'e.	
ag airis	Ciod air a bheil sibh ag airis?	Tha
ag éirich	Eóghan ag innse gu bheil a'mhín ag éirigh.	
ag innse	Is bochd an sgéul sin.	C'ait' a bheil Gòrdan an diugh?
ag òirlis	Tha e ag iasgach.	B'fhèarr dha bhi 'g obair air a' mhòin'e.
ag ùpadh	C'uine thig e dhach'aigh?	Cha tig gu feas'gar.
ag amas	C'arson a ta thu ag òirlis mar sin?	Dh'òl e cus bainne.
ag eirmis	Bi'dh sinn agimeachd á so.	Ubh, ùbh, tha e a' cur sgreat-
ag èaladh	Cha-n eil mi ag amas air seo a dheanamh.	achd orm!
ag èunach	Ciod uime tha thu ag ùinich mar sin?	Tha
ag imeachd	Gu bheil an obair so trom.	Tog dhith, ma ta.
ag obair		
ag ùinich		

Cleachdadh air litreachadh agus mùthadh nan gniomhan.

buail'ibh	buail-ea-maid	bhuail'inn
càir'ibh	càir-ea-maid	chàir'inn
dòirt'ibh	dòirt-ea-maid	dhòirt'inn
éir'ibh	éir-ea-maid	dh'éir'inn
faigh'ibh	faigh-ea-maid	dh'fhill'inn
goir'ibh	goir-ea-maid	ghluais'inn
ìnn's'ibh	ìnn-ea-maid	dh'ìnn's'inn
leig'ibh	leig-ea-maid	leig'inn
mair'ibh	mair-ea-maid	mhill'inn
naisg'ibh	naisg-ea-maid	naisg'inn
pill'ibh	pill-ea-maid	phaisg'inn
ruig'ibh	ruig-ea-maid	rùisg'inn
sguir'ibh	sguir-ea-maid	shil'inn
bac'aibh	bac-a-maid	bhac'ainn
cog'aibh	cog-a-maid	chas'ainn
dean'aibh	dean-a-maid	dh'at'ainn
fàg'aibh	fàg-a-maid	dh'fhan'ainn
còrd'aibh	còrd-a-maid	ghlas'ainn
léum'aibh	léum-a-maid	lom'ainn
lion'aibh	lion-a-maid	mhol'ainn
bog'aibh	bog-a-maid	nochd'ainn
cag'naibh	cag-na-maid	dh'òl'ainn
plùch'aibh	plùch-a-maid	phòs'ainn

Air S.

S. mar sh's a' Bhéurla.

séud
 sìth
 seòl
 seach
 siòl
 siùil
 ise
 mise
 seo
 sid
 siud
 ais
 téis
 cìs
 pròis
 cùis
 fàisg
 clisg
 traisg
 ris
 leis
 frois
 tuisg
 slige

Seo dhuit slig'e chreach'uinn. Is fèarr leam sin na séud. Is math dhut sin seach a bhi fal'amh. Is math, gu seadh. An deach' an siòl a chur? Cha deach', cha robh seòl air. Cuir'ibh an àird na siùil. Tha mise toil-each, ach cha-n eil ise. Seas air d' ais. Seas an seo, no an sid. Is mòr do phròis mu 'n chùis. An do chlisg thu? Séinn an téis ùr a sheinn ise. Cha-n fhèarr siud na sid, no siùd no siad. An do dhìol sibh dha a' chìs? Leig mise leis, mar thuirt mi ris. Is gasd an t-àite seo ri frois. Chuir sibh a' mhòin-e air á, cois bhig. Nach ann aig an torc a tha na tuisg! Cha bu toigh leam dol ro fhaisg air. Fàisg an t-an'art, agus croch an siud e. Nach co math ä chroch'adh an seo? Tha mi creid'sinn gur h-eadh. Dùisgaibh, a chlann, tha 'n t-àm a bhi ag éirigh. Séid an teine, a Bheati. An do loisg sibh na bha sid de bharr'ach? Loisg Séum'as cuid mhòr dhe an dé. Thoill esan a bhi treis 'nä thrasg'aidh. Naisg am mart.

Facail dà smide.

aim'sir	as'am	aid'ich	beann'achd
ais'te	as'gart	bóid'ich	cean'gal
am'ais	béus'ach	cair'ich	dèar'na
ban'ais	leas'ach	duil'ich	eall'ach
cail'is	cos'lais	éir-ich	fear'ann
inn'is	cos'tais	fairich	geal'tach
ìs'lich	dleas'nais	gàir'ich	dream'ach
ois'inn	saibh'ris	las'aich	mear'achd
còis'ir	sean'chais	bros'naich	deal'aich
deis'ir	flath'as	trom'aich	bream'as
pàis'te	diarr'as	baisd'idh	sean'ar

sios'ar	feoth'as	séid'ihd	meal'a
stím'each	ann'as	buin'ihd	creach'aidh
snìomh'an	sul'as	éiridh	sean'gan
snigh'e	sir'is	sguir'ihd	ceann'as
siab'adh	math'as	fàs'aidh	beal'ach
Seòr'us	bois'eag	cosd'aidh	geal'ach
uis'eag	cas'ag	cum'aidh	mead'ar
slis'eag	só-nas	òl'aidh	nèamh'aidh
sliabh'ach	spor'ais	cròth'aidh	leann'an
shliog'ach	spir'is	cliath'aidh	searr'ach
ùt'rais	Tó-mas	erùn'aidh	èarr'ach
each'rais	Sas'onn	tog'aidh	team'pull

Air c, d, g, l, n, r, t, *caol*.

ceòl
deoch
gleòis
leòn
neòil
reòt'
geoic
leòid
sgroig
ceòil
deòin
feòir
ceòis
ròic
teòm
moit
seòid
leòis
meòir
beòir
toit
muic
cuid
moig

Is toigh leam féin ceòl na pìoba móire. Tha e math ri h-uchd gleòis. 'Nuair chaidh an sonn a leòn, dh'iarr e deoch. Tha na neòil trom dubh an dé 's an diugh. Am beò d' athair a Dheòrsa? Tha e beò slàn fath'ast, ach tha ceò air à sheall'adh. Seall mar a reòth an t-uisge 's an lub. Ciod an seòrsa feòir a ta'n seo? Tha 'm fòlach. Rach-a-maid a dh'iasg-ach. Tha mi toil'each deòn'ach. Nach breòite an sgoirbh bhàta e seo! An iogh'nadh sin, 's e sgreag'adh air clad'ach cho fad? Hó, Iain Mhic Leòid, thig an seo, 's thoir leat an tobh'ta. A Dheòrs', a sheòid, an deòin leat dol a-mach? Cha-n eil mi féin teòm air iasg idir. Bheir na ràimh leòis air do làimh mhìn! An gabh thu deoch de bheòir? B' fhèarr leam deoch de bhainne. Tha do mheòir sal'ach. Bha mi ag ithe feòla? Ciod an fheòil? Bha ròic aige air feòil muice. 'S e sin muic'eoil, ma ta. Tha geoic air Moig Sgroig. Tha à bhus dubh leis a' mhuic'eoil. Cha b'e fein a dheanadh à moit.

Smidean-deiridh eagraichte.

aid'mheil	tùr'ail	Ann'ag	òig'ear
aid'ich	bòsd'ail	bean'ag	pòit'ear
aic'eid	cosd'ail	cam'ag	cùil'tear
aig'eal	dragh'ail	dian'ag	cùirt'ear
aig'lean	each'ail	eal'ag	saighd'ear
ainn'is	fear'ail	feann'ag	sgoil'ear
ail'is	gram'ail	brad'ag	cairt'ear
aith'ris	làth'ail	ail'eag	dors'air
baid'eal	amh'ail	eir'eag	drum'air
cais'teal	mòr'ail	buinn'eag	pìob'air
boic'nich	neart'ail	coill'eag	cùb'air
coich'eid	òrd'ail	dris'eag	cób'air
gis'eag	purp'ail	luid'eag	trup'air
dì-ghlan	rian'ail	ar'an	arm'air
liot'ach	riach'aid	bior'an	blad'-air-e
neas'gaid	prìs'eil	curr'an	glag'-air-e
rid'ir-e	ròic'eil	dorr'an	siat'-air-e
tiot'an	brùid'eil	each'an	croch'-air-e
toit'ean	oillt'eil	fear'an	grùd'aire
leòin'te	ràit'eil	giull'an	piòb'air-e
eid'idh	loinn'eil	is'ean	gab'air-e
li'tir	ùis'eil	pill'ean	sìoch'air-e
tair'is	dòigh'eil	cing'ean	tag'raich-e
uir'igh	pàirt'eil	spid'ean	tréim'ir-e
oïch'e	cuid'eil	mill'sean	cluain'ir-e

Air ao, aoi.

baobh	Sin nath'air 's an fhraoch! Tilg caob oirre.		
caomh	Buail i le slait chaoil. Fan air d' ais, thu,		
fraoch	'bhaobh, seach mu'n lot i thu. Saod'aich á so		
laogh	an laogh. An créutair bochd baoth, cha-n		
baoth	fhios dha gu bheil nathair ri 'thaobh. Glaodh		
glaodh	ri h-Aogh slat fhaot'ainn. Caisg do chù, sin e		
caob	ris na caoir'ich. Ma mharbh'as e té, bi'dh i		
caog	daor dhut. Slaod a' chraobh seo sìos gu taobh		
caol	a' ghàr-aidh.		
aom			
aon			
daor			

faoin
laoigh
taois
saoil
fраоich
braoig
glaoidh
staoig
maoim
maoin
braoin

Tha braoig air Raon-ull Mac Caoilt. Saoil an d' fhuair e na laoigh? Nach olc an aoigh a ta air an spéur? Saoil sibh an sil e? Tog'aibh de 'r baois; cuiribh cruinn am feur-saoidh. Ciod an aois a ta Faolan? Tha e naoi bliadhna déug. Sguiribh de bhi ri caonnaig, a chlann ghaolach. Co è ur fear-saoraidh? Tha Iosa Criosta, mac caomh Dhé. Is còir dhuinn daonnan 'ainm-san a naomhachadh.

Air ua, uai.

bruach
buadh
sluagh
ruamh
spuac
guad
cuag
cual
uam
duan
buar
shuas
cruach
luaidh
snuaign
uaimh
duail
buain
fhuair
duais
uit
suaip
stuaign

An cual' thu naigh'eachd sam bith? Chuala mi gu bheil an gual a' fàs daor. Is truagh an naigheachd sin do dhaoine bochda, 's an uair cho olc, fuer. Tha cuag air do bhròig dheis. Fan uam fada shuas. An gabh thu duan oïche diluain?—C'ar son tha an cuaran mu d'òrd'aig? Ghearr mi i leis an tuaidh. Suain so uimpe. Is dona 'n spuac a ta air do ghruaidh. Annag, fuaign dhomh so.

Có a ta ris a' chruaich? Tha Faolan agus Mali ruadh. Is truagh nach robh i suas; tha gruaim 's an airde-tuath. Cha ghabh i cur suas cho luath sin, tha a' mhòine buan. Is math sin ris an uair fhuair. 'S ann fuer a's dual dhi bhi á seo suas. An dean thu suaip rium mu'n tuaidh? Nì, ma gheibh mi à luach. An gabh thu tastan agus dà chuaich? O! tha mo thuadh ruadh le meirg. O! tha mise suarr'ach uimpe.

Air ll, nn, rr.

ball
dall
call
meall
feall
géill
féill
toill

Tilg a-nall am ball, a Phàd'ruic. Chaill an dall ä chù. Thuit am ball 's an alld. Fuir-ich thall, sin stall chas romh'ad. Nach ann Gall'da ta bean Ghuill? Tiugainn do'n choill a dh'iarraidh fionn-àire. Tha do bhrògan làn puill, agus tuill 'nad os'ain. Na dean foill air neach sam bith. Thoir äm biadh do'n chloinn.

bann
clann
srann
beinn
geinn
toinn
fuinn
cainnt

An ann an so a tha sibh, a chlann? 'S ann, 's ann, a bhean chòir? Dh' fhalbh a' chlach 'nà deann leis a' ghleann. Is seann rann sin. Teann ris an tein'e 's gar thu féin. Nach grinn a sheinn i an t-òran binn! Tha dreach àl-uinn air na glinn. Toinn an snàth sin gu grinn. Air chinn'te toinnidh, 'Fhinn. A bheil sannt bìdh ort?

bàrr
fèarr
còrr
béurr
tàrr
tòrr

— Tha càrr air ceann a' phàiste. Spàrr 's an toll am maide caol so. Is fearr a sparr'adh ann an tom nan sean'gan. Nach e sid cùrr air an tòrr? 'S e a th' ann clamhan mòr. Is bèurr am balach thu, a Nèill. Gearr dhomh bàrr slate.

Air en, gn, tn.

cnac
cnàmh
cneas
cneidh
cnò
cnàimh
enuimh
gnos
gnùth
gniomh
mnà
mnaoi

An enag thu cnò, a chailin? Cha chnac mi, a bhalaich. Nach gnùth gnùis na mnà! Ma ta, gu fior, 's eadh. Is olc a' chneidh a' ta 'cnàmh an duine. O! sin enuimh air do bhoineid! Na bean do ghnos a' choin mu'n toir e glamhadh ort, 's do ghearradh. Suain an crios gorm seo mu chneas Annaige. Cnot an t-eòrna, 's cuir 's a' phoit e. Is gniomh sin a bheir orm gu'n dean mi cnead. 'S e tnùth farmad. Tha gnùis aoigh'eil aig a' mhnaoi chòir. Nach

gnùis
tnùth
cnead
cnòt
cnoc
cnuic
gnàth
gnàs
gnè
gnog

uaine aogas nan cnoc! Tha iad 'nän trusgan samhraidh. Is àirde na cnuic ud thall na iad seo. Ciod a' ghnè fhiodha ta so? Tha an fhiodh-agach. Oich! bhual thu gnog orm 's a' cheann, a Ghòrdain. O! 's ann gun fhios dhomh, 'Airt. Tha 'm brochan a rinn Màiri làn chnot. An car a bhios 's a' mhàthair, is gnàth leis a bhi 's an nighin. Is ann mar sin a thuirt an sean-fhacal.

Air t an tàthain. (*t-*).

an t-àm
an t-ag
an t-asg
an t-éisg
an t-each
an t-ìm
an t-òrd
an t-iob
an t-uchd

Tha e 'n t-àm a bhi 'g éirigh. Cuiribh a-mach an t-each. Seas as an t-solus. Cha rachadh tu cho teann eadar mi 's an t-aog. Faigh dhomh an seo an t-òrd. Cuir air a' bhòrd an t-ìm ùr agus an't-aran. Seall an t-iob taoise a tha aig a' phàiste, Seo, gabh 'ad uchd e, treis. Earbaidh an t-anam leòinte do ghnàth á Dia. Is ro uamhasach an sealladh an t-aog.

an t-sùil
an t-sròn
an t-sreang
an t-sràid
an t-sreath
an t-seirc
an t-sàil
an t-sìl
an t-sàir
an t-sùigh
an t-suic

Tha an t-sùil 'ná ball ro mhaoth. Is fada an t-sròn a ta air Eanraic. Tomhais i leis an t-sreing so. Cha-n eil an t-sreath so dìreach. Ciod an còmhlan a ta sid air an t-sràid? Sluagh a ta 'ceannach an t-sìl. Cum fodha bàrr an t-suic. Seo agad càrn an t-sàir. 'Si an t-seirc an t-subhaile a's mó a ta ann. Bhual 'Iomhar clach orm 's an t-sàil. Is ole a rinn an t-òigear ort. Fair dhomh tiota de 'n t-siosar sin.

Air na gearraidh

* m', d',—agus h an tàthain. (*h-*).

m' ad
m' eich

Croch an ad bhàn sin air an staing. An i m' ad-sa? Cha-n i, ach ad do bhràthar.

* m'—gearradh air mo;—agus d'—air do.

m' eighe
m' iasg
m' òrd
m' ùird
m' fhuil
m' fhalt
m' fhéidh
d' aire
d' eun
d' iseán
d' obair
d' ùine

à h-ad
à h-each
à h-iall
à h-oir
na h-eich
na h-ùird
na h-uilt
na h-uilld

Na bruich m' ubh fathast, 'Anna. Falbh agus nigh d'aodunn. Gabh air d'adhart, a dhuine, ciod th'air d'aire? Chuir thu m' fhuil air ghoil le d' sgéul. Thog e grìs air d' fhalt, tha mi 'faicinn. Seo, seo, tog dhe d' sgeig, Uilliam. Thoir dhomh mìr, a Cheit. Is beag d' fhéum air, 's e mo bheachd. Sguir dhe d'obair, 's dean suidhe thall ud.—

Faigh à h-isean do Sheònaid. Thoir do Shìne do chleòca, a Mhór. A Shomhairle, cuir air à h-oir a' mhias. Seo, togaibh na h-oisnean dìreach. An d' thainig na h-eòin a-mach, Aoirig? Och, ghoirtich mi m' uchd gu h-olc! Dh' fhalbh na h-adagan leis na h-uilld. Nach ann aig na h-eich 'tha na h-uilt làidir! Na h-inn'is do d'athair gu'n d' fhalbh na h-aighean.

AIR NA RIS-SMIDEAN CÒRACH— *-sa, -se, -ne, -san*

m' each-sa
d' eòin-sa
à falt-se
'fhuil-san
ar mart-ne
ur coin-se
än tigh-san
än dàin-san
äm mac-san
ä mhic-san
á mac-se
äm mic-san
ä mic-se
ar cuid-ne

Chaidh m'each-sa thairis air an amhuinn. Ghabh d'eòin-sa 's à h-eòin-se sgaoim. Tha m'fhuil-sa dubh, d' fhalt-sa donn, agus à falt-se buidhe-bhàn. 'Si ar mart-ne a's truime na ur mart-se: agus ur coin-se a's luaithe na än coin-san. Theid 'fhuil-san agus à fuit-se, ur fuit-se agus ar fuit-ne a dhòrtadh. An e seo ur cuid-se de 'n iasg? Cha-n e; seo ar cuid-ne, agus sid thall än cuid-san, agus à chuid-san. Agus c'ait a bheil à cuid-se? Sin e làmh ri 'r cuid-ne. Abraibh-se gur h-e sid à cuid-se làmh ri m' chuid-sa. Thilgeamaide à dhà fhad sin a' chlach.

le h-òl
ri h-àm
á h-iasd
fo 'h-aid
gu h-àrd
mu 'h-àm
le h-éill
ri h-òrd
gu h-ùr
á h-anam

Chaidh an duine a mhilleadh le h-òl.
Bi'dh seo mòr nas leòr ri h-ùine. An ann
á h-iasd a fhuair thu an ola sin? Co sin
gu h-àrd air an spàr? Tha currac gorm
air Anna fo 'h-aid. Nach ann a tha e fo
'boinneid? Tha am fochunn a tighin a-
mach gu h-ùr. Ge h-oil leatsa sin cha-n
oil leams' e. Bha an àirc còmhdaichte le
h-òr. Tha mi 'g obair a h-uile latha. Cuist,
na h-abair smid tuille! Na h-ob an fhìrinn
innse gu h-uile.

Fuaimean éugsamhui.

ceòs'ach	blaom'an	bruán'aidh	ball'a
seòm'ar	caor'an	cuaill'ach	cal'a
eòl'as	daor'ach	duan'ag	dall'adh
beò-laint	daor'munn	fuas'gail	sal'unn
feòl'mhor	faoch'ag	fuas gladh	dall'ag
smeòr-ach	glaodh'an	guad'an	meal'ag
neòn'ach	laos'boc	lua'chair	meill'each
leòin'te	maor'ach	muar'ban	meil'ich
neòin'ean	maod'al	nuall'raich	foill'eil
bred'i'te	naomh'aich	puath'ag	coil'each
feòd'ar	plaosg'adh	ruamh'ar	mìll'teach
sàmh-dheoch	raoin'tean	ruath'ar	mìl'idh
seann-deoch	sgaoil'teach	sguab'as	mill'idh
seot'ach	taom'an	tuail'easg	cinn'teach
ain'deoin	gaois'id	buair'eadh	mion'ach
ain'fheoil	faois'id	cluain'eis	barr'ach
uir'sgeoil	braoisg'ean	ruaidh'e	bior'ach
taobh-beòil	caoin'teach	sluas'aid	corr'ach
crann-spreòid	saoil'sinn	gruaig'ean	caor'ach
deogh'ail	faoil'tich	stuaim'e	suarr'ach
deogh'al	sgaom'rich	cuail'e	buar'ach
leog'ach	faoil'eas	buail'e	mùrr'aidh
leog'aid	braoil'eag	truagh'an	bur'aidh
sgleog'aid	aoibh'neas	buair'eas	soir'idh

Ath-chleachdadhbh air smidean-deiridh àraidh.

gnòs'daich	cuil'ionn	bàill'ih	a'ras
gnèth'eil	uil'ionn	cui'l'ih	bream'as
gniomh'ach	boic'ionn	filidh	cos'las
gnàth'ach	craig'ionn	glog'aidh	don'as
cnap'adh	boir'ionn	lil'ih	earr'as
cnag'raich	fir'ionn	mìl'ih	fear'as
cnead'raich	foch'unn	nàb'aidh	goir'eas
cnàmh'an	each'unn	ob'aidh	leamh'as
enuimh'eag	lach'unn	plub'aidh	math'as
cnap'an	tar'unn	sod'aidh	nimh'eas
cnuas'achd	tor'unn	tàmh'aidh	olc'as
enot'al	fear'unn	ùmp'aidh	pean'as
cneas'ta	sal'unn	braid'ih	ruc'as
enot'as	deal'unn	burr'aidh	son'as
enòg'ag	mear'uinn	slaid'ih	tann'as
cneidh'each	fear'uinn	salm'aidh	urr'as
eniat'ag	ealt'uinn	flieg'aidh	baig'leis
cnèap'an	cal'tuinn	fleog'aidh	cair'is
enoc'an	éir'inn	enag'aidh	brail'is
gnog'ag	fír'inn	mig'ih	sain'is
gnuìs'ionn	fòir'inn	mùg'aidh	àirn'eis
mnaith'ibh	oif'rinn	bròg'aidh	fùir'neis
tnùth'ail	dòr'uinn	cuag'aidh	glaig'eis
enag'an	cùr'uinn	tiolp'aidh	taig'eis
enoth'an	cnàmh'uinn	ùmb'aidh	durc'ais

Mu Dhia.

Tha Dia gun tùs gun chrioch. Tha e naomh, naomh, naomh. Is spiorad Dia a ta ro thréun. 'Se Dia a chruth'aich gach uile nì. Is e a's uachd-ar-an air an domhan: Agus is sinne obair à làimhe. Chruthaich Dia an ceud fhear agus a' cheud bhean foirfidh, iomlan. Thug e dhoibh eòlas, fir-ean-tachd, agus naomh'achd. Bha iad làn-shon'a fhad 's a ghéill iad d' àithn'tibh. Ach, mo thruaighe! bhris iad lagh Dhia, agus chaill iad an t-eòlas, an fhìr-ean-tachd agus an naomhachd a bha aca air tùs. —Pheacaich iad. 'Se peacachadh...lagh Dhia a bhris-

eadh. Thoill am peacadh dhoibh am *Bàs*: Agus mar an ceudna dän sliochd gu léir. 'Se am peacadh mar seo a rinn buailteach do'n bhàs sinn: Agus do gach truaighe 's an t-saoghal seo. Cha-n e sin a-mhàin, ach dhùisg e dhuinn fearg agus corruiich ar cruthadair: Agus rinn e sinn toill'teannach air *Ifi inn*.—Shal'aich am peacadh ar n-anam, dhall e ar tuigse, agus thruaill e ar n-inntinn.—“ 'Se tuarasdal a' pheacaidh am bàs.”

Cleachdadadh air na smid-ghleusan.

am'ad-an-achd	bonn-a-sia'	ton-ìs-eal
ban'al-trom-as	breac-an-t-sil	nic-còis-eam
cun'bhal-as	seam-a-guad'	bun-tà-ta
deis'im-ear-achd	trian-ri-trian'	cruach-eòr-na
eir'eachd-ail-e	dall'an-da'	leac-ùr-lair
fath'rum-aich-e	giog-aidh-homh'	o-dròich-ean
gall'an-aich-e	teang-an-fhéidh	tigh-chaor'ach
blaom'as-dair-eachd	lùb-nam-mart	clach-thàl-aidh
burr'ac-air-eachd	goc-um-gò	min-pheas'rach
bàil'is-tear-achd	bid-an-eoin	clach-thein'tein
sùm-aid-ean	deall'an-dé	duil-i-deag
sum'an-adh	crom'an-lòin	ban-òg-lach
bil-is-tear-an	glag'an-gnàth	poll-buìr-idh
sàbh-ad-air-ean	ur-lar-làir	tra-nòin-e
àr'saidh-eachd	poc-a-saic'	tom-sìth-e
bior'sam-aid-ean	car-a-mhuit'	di-dòmh-naich
prac'ad-air-eachd	cas-mu-sheach'	ball-seirc'e
sgim'il-ear-achd	dor-us-mòr	cruach-mhò-na
com'unn-ach-adh	leab-a-bhàis	feill-brì-de
dioll-aid-ear-achd	co-ta-mòr	rusg-clòimh-e
smug'ail-ear-achd	leath-ar-iall'	tigh-féis-de
sean'ail-ear-achd	coir'ce-cuir'	dun-ò-traich
feith'eam-an-achd	buail-a-chnag'	slat-iasg'aich
nigh'ea-dair-eachd	truich'an-triù	iall-bròig-e
dath'a-dair-eachd	bogh'a-muc'	tein-éibh-inn

DIA.

Tha Dia o shiorruidheachd 'nä rìgh,
Gun tùs gun chrìch, bith-bluan;

'S e Dia a chruthaich muir 'us tìr,
 'S gach nì ta bhos 'us shuas.

Ged bhiodh ar n-inntinn luaineiseach
 A' cnuasachadh gu sior,
 Cha chomas dhuinn a smuaineachadh
 Air uair 's na *thòisich* Dia.

Tha buaidhean Dhia ro òirdhearc còrr;
 Is *Spiorad glòrmhor* è,
 'Ta beò, glic, neartor, ceart 'us naomh,
 Math, fior, gun chaochladh gnè.

'Se 's ainn do Dhia-*Iehòbha* mòr,
 An Triath ta beò ann féin,
 Neo-chruthaichte ä bhith,—'s ä ghlòir
 'S ä mhòrachd cò d'an léur!

Air smid-ghleusan, agus ainmeannan àiteachan.

spag-a-da-gliog'	'Ar'asaig	An 'Aird
bram-ach-an-roid'	Bàr'asdal	An Corran
eadar-dha-leann'	Cnap'adal	An Duabhar
an-am-an-dé	Deisearaidh	An Ean'mhor
tobar-nan-ceann'	Ear'napoll	An Fhears'aid
acha-nam-breac'	Far'agaig	An Inn'is
camus-nan-gall'	Grìsearnis	An Leit'ir
coire-na-sìth	Mion'gairidh	An Ois'inn
baile-nan-clach'	Nar'achan	A' Bheith'each
doire-nam-fead'	'Oragaig	A' Chòin'each
coille-nan-cam'	Puit'eachan	A' Ghual'ainn
feithe-nan-lap'	Rain'eachan	A' Mhòin'teach
acha-nam-ba'	Sam'laman	Am Bràighe
leitir-nan-laogh'	Aon'achan	Am Fas'adh
innis-nan-con'	Mun'gastal	Am Muigh'e
cama-dal-mór	Ull'apoll	Am Prio'chan
eil-ean-nan-ron'	'Ug'araidh	An t- Earr'achd
rugha-nan-cloch'	Tòrr'asdal	An t- Innein
fasa-na-cloich'	Sgam'adal	An t- 'Oban
cantra-an-dùin	Liod'asdal	An t- Uchd'an
acha-na-h-àth	Bràc'adal	An Tul'ach
cuile-nan-damh'	Fionn'airidh	An Gleann'an
eilean-da-bhàrr	Samh'airidh	An Lär'ach

A I N M E A N.

Se ainm-facal sam bith leis an ainmich sinn nì sam bith.
mar a ta *òrd, sùil, caman, prìne, cas.*

Tha cuid de na facail sin *fearanta*, agus cuid dhiu *boireanta*.* Tha ainm rud ris an abair sinn è, *fearanta*, agus ainm nì ris an abair sinn i, *boireanta*. Tha *òrd*, mar seo, *fearanta*, agus *sùil*, *boireanta*.

Tha ainmean, mar an céudna, *aonarra* agus *iomarra*. Tha ainm *aon ni* *aonarra*; agus, ainm a ta ciallachadh còrr 'us aon ni, tha e *iomarra*;—Is ainm *aonarra* *òrd*, is ainm *iomarra* *ùird*;—is ainmean *aonarra* *sùil*, *fiadh*, *prìne*, *màthair*,—agus tha *sùilean*, *féidh*, *prìneachan*, *màth-raichean*, *iomarra*.—Tha am mùthadh seo air ainm a' nochdadh na *h-àireimh* mu bheil sinn a' labhairt. 'Nuair bhios sinn a' labhairt mu *aon ni*, tha 'n t-ainm 's an àireimh *aonarra*; ach, 'nuair labhras sinn mu thuille na aon ni, no mu *ioma ni* de 'n aon ainm, bi'dh an t-ainm an sin 's an àireimh *iomarra*.

Mu'n chineal.

Chionn gu'n abair sinn è ri tarbh, bòrd, preas, féur, bata,—tha iad de 'n chineal fhearanta; agus chionn gu 'n abair sinn i ri mnaoi, abhuinn, cìr, poit, tha iad de'n chineal bhoireanta.—Is tric le facail aon-smideach 's am bi *a, o no u*, a bhi *fearanta*,† agus leòth-san 's am bi *i*, a bhi *boireanta*.‡ Tha ainmean dà-smideach do'n crioch *a, e, abh, ac, ad, al, am, an, ar, as, us, ach, adh, art, asg, oll, onn, ull*, *fearanta*,§ agus iadsan do'n crioch *achd, ead, id, ag, ap, inn, ig, il, ir, is, ich, boireanta*, mar is trice.||

* 'Se'n gional, no 'n cineal, a theirear ris an dealachadh so eadar ainm agus ainm.

† ach tha cuid dhiu boireanta, mar a ta *ad, làmh, cas, gas, fras, màg, spàg, cràg, pòg, bròg, sròn*, &c.

‡ Ach tha cuid, dhiu fireanta, mar tha *ìm, mìr, bil*, &c.

§ ach tha cuid *fearanta*, mar tha *gamhuinn, ridir*, &c.

I. Mar so, caraich, bàrd, arm, sàr, clàr, sac, enoc, seòd fraoch, &c.

II. ————— car, ball, alld, alt, falt, balt, clag, balg, calg, &c.

|| ach tha cuid nach eil; mar tha iarna, coille, déile, áirde, iorram, gealach, lùireach, eaiseart, daorach buidhionn, &c.

Mu'n àireimh iomarra.

Tha dà dhòigh aig a' Ghàidhlig air an àireamh iomarra a dheanamh;—an tÙs, le i a chur an dìgh an fhuinn a's deirionnaiche's an ainm; mar so,—Cat, cait, sàr, sàir; laoch, laoich; arm, airm; raon, raoin;—a rìst, le an a chur-ris an àireimh aonarra, mar so;—lod, lodan; rud, rudan; nìth, nithean; caile, cailean; dròbhair, dròbhairean.

Beachdaich gu dil air an ath leasan agus teagaisgear dhut gach rùdanachd eile mu'n chùis so.

I. cat cait. — II. càrn cùirn.

àir. aon. air. iom.

1. Dall,	doill.	1. gall	8,9. bàilldh	17 bas
2. Preas,	pris.	rann	filidh	luid
3. Seòl,	siùil.	crann	tàmhaidh	gàg
4. Meur,	meòir.	ceann	boitidh	crois
5. Fiadh,	féidh.	meann	10. fomhair	sùil
6. Lion,	lin.	peann	seanair	brioguis
		meall	dorsair	òrdag
7. Reachd,	reachdan.	3. eòl	11. ruibean	luch
8. Braiidh,	braiidhean.	ceòl	isean	dearc
9. Burraidh,	burrainnean.*	4. eun	12. cnòth	meigh
10. Forsair,	forsairean.	deur	ràth	musg
11. Cuilean,	cuileanan.	beul	sreath	slige
12. Gath,	gathan.	neul	13. dais	spàin
13. Uisge,	uisgeachan.	geadh	seòrsa	speach
14. Stiom,	stiomannan.*	5. bian	prìne	roid
15. Athair,	athraighean.	liadh	14. anam	raoic
16. Baile,	bailtean.	sliabh.	sreang	bann
<i>Ainmean Boireanta.</i>		ciabh.	15. bata	ceis
17. Cearc,	cearcan.†	dealg	séir	fras
Fead,	feadan.	6. siol	còir	cùis
Smid,	smidean.	7. bachd	16. cùil	siris
Breab,	breaban.	bochd	tuil	leid
Poit,	poitean.	uchd	sàil	deil
Leac,	leacan.	dràchd	sgoil	réis

* Faodar burraidhean agus stiomann a ràdh mar an ceudna.

† Corr uair cha chuirear ach a na h-ònar ris an àir. aon.—mar seo,-cearea, bròga, feara; no e; mar seo,-càirde, coillte, cùilte;—ach cha'n fhiù seo 'aithris, air.

Na Cuir.

Tha sia *cuir* air gach *ainm* 's a' Ghàidhlig, mar so:—

Bodach,	Bodaich,
1. Bodaich,	4. (làn) Bhòdach,
2. (do) Bhodach,	5. (do) Bhodachaibh,
3. (a) Bhodaich.	6. (a) Bhodacha.

Ciod is féum do na cuir sin? Gabh beachd air na their mi riut, agus tuigidh tu sin.—'Nuair a their thu "bodach," 'se sin *ainm* seann duine;—nuair their thu "sròn bodaich," tha'n i a chuir thu roimh *ch* a' nochdadhbh gu'm *buin* an t-sròn do 'n bhodach; tha an *lide (do)** a' toirt air *b* a bhi *caigneach*, no ann an comunn ri *h*;—agus, an uair a their thu a "bhodaich," tha thu 'gairm air a' bhodach.—Uime sin, theirear ris na *cuir* seo—an Car *ainmeach*, an car *buinteach*, an car *lideach*, agus an car *gairmeach*. A nis, bheir thu fainear, gur *aon* bhodach a's cuspair do na tri cuir ud; agus, uime sin'gu'n abrar riutha *na cuir aonarra*. Tha na trì eile *iomarra*, chionn gu bheil iad a' ciallachadh *iomha* bodaich (tuille na h-aon co dhiù)—agus is ionann féum agus brìgh dhoibh 's an àireimh *iomarra*, agus do na tri 'chaidh a mhìneachadh anns an àireimh *aonarra*.

* Tha 'n ceannsal céudna aig fa, de, o, bho, fo, roimh, troi, tre, mar, mu.

I.

Ainmean fearanta.

	Aonarra.	Buinn.	Gairm.	Aim.
1	Cat	cait	a chait;	Cait
2	bòrd	bùird	~ bhùird;	~ bùird
3	dall	doill	~ dhoill;	~ doill
4	preas	pris	~ phris;	~ pris
5	coileach*	coillich	~ choilich;	~ coillich
6	deur	deòir	~ dheòir;	~ deòir
7	fiadh	fèidh	~ fhéidh;	~ fèidh

Ainmean boreanta.

	Cròg	eròige	chròg;	Crògan	chròg
9	core	euiree	~ chore;	corcan	chorc
10	cas	coise	~ chas;	casan	chas
11	cearc	circe	~ chearc.	cearcan	chearc
12	learg†	leirge	~ learg;	leargan	learg
13	iall	éille	~ iall;	iallan	iall

* No,—coileach coileich choileich;
 23 baintreach baintreach baintreach;
 24 † caileag caileige chaileag;

choileacha. &c.
 &c. chaileaga.

Cleachdadh air na Cuir.

<i>Aim.</i>	<i>Buin.</i>	<i>Gairm.</i>	<i>Ainn.</i>	<i>Iomar.</i>	<i>Buin.</i>	<i>Gairm.</i>
14 brùchd,	brùchd	a bhrùchd: [!]	brùchdan,	bhrùchd,	bhrùchd,	a bhrùchda
15 clòth,	clòth,	~ chlòth:	clòthan,	chlòth,	chlòth,	~ chlòtha.
16 dorsair	dorsair	~ dhorsair:	dorsairean	dhorsairean	~ dhorsaire.	~ dhorsaire.
17 cuilidh,	cuilidh,	~ chuilidh:	cuilidhean	chuilidhean,	chuilidhean,	~ chuilidhean.
18 prìne	prìne	~ phrine:	prìneachan	phrineachan,	phrineachan,	~ phrineachan.
19 còta	còta	~ chòta:	còtaichean	chotaichean,	chotaichean,	~ chotaichean.
20 Stiom	stiōma	~ stiom:	stiōmanan	stiōmannan,	stiōmannan,	~ stiōmanna.
21 fasair	fasrach	~ fhasair:	fasraichean	fasraichean	fasraichean	~ fhasraiche.
22 màthair	màthar	~ mhàthair:	màthraichean,	mhàthraichean	mhàthraichean	~ mhàthraiche.

Tuille Sòmplachaidh.

1.—àdh arm aol blàr bus maor taobh spàl caman dusan osan. 2.—boc broc còrd cóm port tonn sop stòp dòrn falt moll corp ceòl seòl. 3.—Gall rann, lann crann. 4.—fear ceap peann clearb nead geal dealbh each (geagh) siòl liòn. 5.—suirdbeach, Bóideach, Muileach, gaisgeach, proidseach. 6.—eun féur léus sgéul leud (cias.) 7.—bian sliabh liadh riadh cliabh iasg riassg. 8.—bròg spàg sgeir ceis deigh frìth geir min poit srad sràid goimh taois sgoil tuil (géug) gnùis. 9.—lorg, tromb. 10.—fras bas gas bann clann. 11.—leac, creach (deoch) steall.....12.—cealg sealg creag fearg leas. 13.—Ciall srian grian giag briag dias (mias). 14.—bachd reachd tòchd bàrdachd cumhachd. 15.—sgàth cnòth dlùth sìth brüth. 16.—cùbair, forsair muair coisiche cleasaiche tàillear *tàilleir*, sgoilear cuilean muillean sàilean cuinnseir peilcir cuifein pigeon eilein. 17.—bàillidh burraidh glagaidh. 18.—bile ciste pige déile deise. 19.—bara tobhta lobhta cuta seòrsa. 20.—àm tiom tlàm speal teas tèarr gèarr leann léum tréud eas riod fiadh fion mios sniomh. 21.—acair cathair cathir séithir, còir faidhir iuchair srathair nathair (caora) speir miosair oitir urchair. 22.—bràthair athair seanair. 23.*—cailleach déireach buitseach. 24.*—dileag cuileag fineag.

Mu'n Mhionan.

Is lideag bheag am *mionan* a chuirear gu tric air thoiseach air ainm, a nochdadadh na's *miona* ciod an ni àraidh a th' agaunn'nar beachd. Tha am mionan a' freagairt do chuir nan ainm mar seo.

ainm fearanta.

B, F, M, P.

A.	B.	L.
aon. <i>am</i> Bus	<i>a'</i> Bhuis	<i>ris a'</i> } do 'n } Bhus.
iom. <i>na</i> Buis	<i>nam</i> Bus	<i>ris na</i> Buis, busaibh.

* Faic iochdar slios 33.

B, F, M, P.
ainm boireanta.

A.	B.	L.
a' Bhás	na Boise	ris a' } do 'n } Bhois.
na Basan	nam Bas	ris na Basan, Basaibh.

C.
fir.

an Cat	a' Chait	a' } 'n } Chat.
na Cait	nan Cat	na Cait, Cataibh.

boir.

a' Chaile	na Caile	a' } 'n } Chaile.
na Cailean	nan Cailean	na Cailean, Cailibh.

D, L, N, R, T.
fir.

an Dùn	an Dùin	an } 'n } Dùn.
na Dùin	nan Dùn	na Dùin, Dùnaibh.

boir.

an Deich	na Deiche	an } 'n } Deich.
na Deichean	nan Deichean	na Deichean, Deichibh.

S.

fir.

an Sop	an t-Suip	an t-Sop.
na Suip	nan Sop	na Suip, Sopaibh.

boir.

an t-Sràid	na Sràide	an } 'n } t-Sràid.
na Sràidean	nan Sràid	na Sràidean, Sràidibh.

Feairtean.

1. cat	bàn
snàth	caol
cù	dubh
each	fann
tonn	gorm
tom	mòr
biadh	pronn
mìr	slànn
ceann	trom
2. làmh	bheag
cuilc	chaol
gruag	dhonn
obair	fhaoin
leac	glas
min	mhin
3. crann	} àrd
craobh	
fear	} eòlach
bean	
bòrd	} ìseal
iùr	
eun	} òg
piseag	
ràmh	} ùr
sgian	
dòrn	} làn
poit	

'S e feairt, falal a chàirear cò-lamh ri ainm, a nochdadh gnè, buaidh, brìgh, no dreach, an ainme sin; mar seo—càise cruaidh, anart grinn, àite tais, damh donn, bò dhubh, deise ghorm.

Mar tha aig aium, tha, mar an céudna, aig feairt, cineal, àireamh, cuir, agus riochd. Aig gach feairt do'n tùs-litir co-fhonn, tha riochd fearanta, agus riochd boireanta. Tha an riochd fearanta lom, agus an riochd boireanta caigneach; mar seo—bàn, bhàn; caol, chaol; donn, dhonn, &c. (*faic an oir*, 1. 2.)

'Nuair is fonn, no l, n, r, a's tùs-litir do fheairt, tha an dà riochd co-ionann. (*f. an oir*, 3.)

Càirear riochd fearanta feairte ri ainm fearanta, agus an riochd boireanta ri ainm boireanta.—Buinidh feairtean do'n cheud, no do'n dara CARACHADH amhàin.

SOMPLACHADH

air carachadh ainme agus feairte cò-lamh.

I.—Cat Glas; *fearanta*.1. *gun am mionan*.

	àir. <i>aon</i> .	àir. <i>iomar</i> .
A.	cat glas.	A. cait ghlasa.
B.	cait ghlaiss.	B. chat glasa.
L.	{le cat } {do* chat } glas	L. cataibh glasa.
G.	a chait ghlaiss!	G. a chata glasa.

2. *leis a mhionan*.

A.	an cat glas.	A. na cait ghlasa.
B.	a' chait ghlaiss.	B. nan cat glasa.
L.	{leis a'} {do 'n} chat għlas	L. na cataibh glasa.

II.—Làmh dheas; † *boireanta*.

A.	làmh dheas.	A. làmhan deasa.
B.	làimhe deise.	B. làmhan deasa.
L.	làimh dheis.	L. làmhaibh deasa.
G.	làmh dheas!	G. làmha deasa!

2. *leis a' mhionan*.

A.	an làmh dheas.	A. na làmhan deasa.
B.	na làimhe deise.	B. nan làmhan deasa.
L.	{an} 'n} làimh dheis.	L. na làmhaibh deasa.

III.—Damh donn; *fear*.1. *Gun am mionan*.

A.	damh donn.	A. daimh dhonna.
B.	daimh dhuinn.	B. dhamh donna.
L.	{ri damh } {do dhamh } donn.	L. {ri damhaibh } {do dhamhaibh } donna.
G.	a dhaimh dhuinn!	G. dhamha donna!

* Faodar lide sam bith a chur 'an seo, mar a ta *aig*, *air*, *ann*, *á*, *gu*, *ri*:—ach féumaidh an tùs-litir a bhi caigneach 'an déigh *o*, *bho*, *fo*, *mu*, *tre*, *troimh*.

† Mar seo, *cáirich* caileag dheas,-prìs mhòr,-déile ùr.

2. leis a' mhionan.

- | | |
|---------------------------------------|-----------------------|
| A. an damh donn | A. na daimh dhonna. |
| B. an daimh dhuinn | B. nan damh donna. |
| L. { *ris an }
do 'n } damh dhonn. | L. na damhaibh donna. |

IV.—Gruag dhonn, *boir*.

- | | |
|---|--|
| A. gruag dhonn. | A. gruagan donna. |
| B. gruaige duinne. | B. ghruagan donna. |
| L. { le gruaig }
fo ghruaig } dhuinn | L. { le gruagaibh }
fo ghruagaibh } donna |
| G. a ghruag dhonn! | G. a ghruaga donna! |

2. leis a' mhionan.

- | | |
|-------------------------------------|---------------------|
| A. a' ghruag dhonn. | na gruagan donna. |
| B. na gruaige duinne. | nan gruagan donna. |
| L. { * a' }
'n } ghruaig dhuinn. | na gruagaibh donna. |

Ainm a' tòiseachadh le fonn.

V.—Ord mòr, fearanta.

Air. aonarra.

- | | | |
|------------------|--|----------------------|
| Gun am mionan. | | Leis a' mhionan. |
| A. òrd mòr. | | A. an t-òrd mòr. |
| B. ùird mhòir. | | B. an ùird mhòir. |
| L. le h-òrd mòr. | | L. leis an òrd mhòr. |
| G. 'ùird mhòir! | | |

Aireamh iomarra.

- | | |
|--------------------------------|-------------------------------------|
| A. ùird mhòra. | A. na h-ùird mhòra. |
| B. òrd mòra. | B. nan òrd mòra. |
| L. { ri h- }
fo ùird mhòra. | L. { leis na h- }
fo ùird mhòra. |
| G. 'òrda mòra! | G. 'òrdaibh mòra! |

* no—as, leis, anns, air, aig, &c.

Ainmean a' crìochnachadh le fonn.

V1.—Pàiste beag, *fearanta.*

aonar.

- A. pàiste beag
- B. pàiste bhig
- L. aig pàiste beag
- G. phàiste bhig!

iomar.

- A. pàistean beaga.
- B. phàistean beaga.
- L. pàisdibh beaga.
- G. phàisdean beaga!

aonar.

- A. am pàiste beag
- B. a' phàiste bhig
- L. { aig a' } mu 'n { phàiste bheag.

iomar.

- A. na pàistean beaga.
- B. nam pàistean beaga.
- L. na pàistibh beaga.

àra bheag. *boir.*

- A. àra bheag
- B. àra bige
- L. àra bhig
- G. àra bheag

- A. àirnean beaga
- B. àirnean beaga
- L. àirnibh beaga
- G. àirnean beaga

- A. an àra bheag
- B. na h-àra bige
- L. { 'n } àra bhig

- A. na h-àirnean beaga
- B. nan àirnean beaga
- L. na h-àirnibh beaga

An t-ainm agus an fheairt a' tòiseachadh le fonn.

VII.—Athair òg, *fear.*

aonarra.

- A. athair òg.
- B. athar òig.
- L. ri h- athair òg.
- G. athair òig!

- A. an t- athair og.
- B. an athar òig.
- L. { ris an } do 'n { athair òg.

iomarra.

- A. athraichean òga.
- B. athraichean òga.
- L. athraichibh òga.
- G. athraichean òga!

- A. na h-athraichean òga.
- B. nan athraichean òga.
- L. { ris } do { na h-athraichibh òga.

Ad ùr, *boir.**aonarra.*

A.	ad ùr.	A.	an ad ùr.
B.	aide ùire.	B.	na h-aide ùire.
L.	aid ùir.	L.	{ an } aid ùir.
G.	ad ùr!		{ 'n } aid ùir.

iomarra.

A.	adan ùra.	A.	na h-adan ùra.
B.	adan ùra.	B.	nan adan ùra.
L.	h-adaibh ùra.	L.	na h-adaibh ùra.
G.	ada ùra!		na h-adaibh ùra.

VIII.—Ainmean-tàthain.

* Maor-coille, *fir.*

A.	Maor-coille.	A.	Maoir-choille.
B.	Maoir-choille.	B.	Mhaor-coille.
L.	Maor-coille,	L.	Maoraibh-coille.
G.	Mhaoir-choille!	G.	Mhaora-coille !
A.	am Maor-coille.	A.	Maoir-choille.
B.	a' Mhaoir-choille.	B.	nam Maor-coille.
L.	{ a' } Mhaor-choille.	L.	na Maoraibh-coille.

Cearc-fhraoich, *boir.*

bann-dùirn	A. cearc-fhraoich	A. clearcan-fraoich
cearc-thomain	B. circe-fraoich †	B. chearca-fraoich
beairt-fhighe	L. circ-fhraoich	L. clearcaibh-fraoich
coille-chuir	G. chearc-fhraoich !	G. chearca-fraoich !

* Mar seo, caraich mart-geamhraidh, fear-astair, cu-uisge, fear-fuadain, poll-bùiridh, tom-fraoich, ceap-tuislidh, fear-ciùil, fear-bogha, dàn-pòsaidh, bòrd-tàileisg, crann-meadhoin, baile-margaidh, bogsa-snaoisein, uisce-beatha, diol-deirce, seol-mara, balla-cloiche, ceannan-crò.

† Ann àite ràdh "Tha nead na circe-fraoiche 's a' Mhuilinn dubh," 's e bu chòir a chantuinn,— "Tha nead na circe fraoich anns a' Mhuilinn dubh," mèr is cìnnteach a dh'eagair am bàrd na facail air thùs.

leac-chùnntais
cruach-mhòine
cuil-bhùntàta
leac-làir
clia-chliata

A. a' chearc-fhraoich	A. na cearcan-fraoich
B. na circe-fraoich	B. nan clearcan-fraoich
L. a' 'n chirc-fhraoich	L. na clearcaibh-fraoich

IX.—Cù-chaorach, *fear^a*.

ord-chlach
uisge-shùl
tigh-chon
gàradh-chas
fear-bhan

A. cu-chaorach	A. coin-chaorach
B. coin-chaorach	B. chon-chaorach
L. cu-chaorach	L. conaibh-chaorach
G. choin-chaorach !	G. chona-chaorach !

a' Choille-chnò, *boir*.

fail-mhuc
clach-bhonnach
ceir-chluas
bean-chlàd

A. a' choille-chnò	A. na coilltean-chnò
B. na coille-chnò	B. nan coilltean-chnò
L. a' 'n choille-chnò	L. na coilltibh-chnò

X.—Trusdar bodaich, *fear^a*.

trudar balaich
cù duine
each òlaich
searg créutair
seòrsa saoir
truaghan leinibh
bròn pàiste
pàiste-giulain
sonn boirionnaich
trustar mnà

A. trusdar bodaich	A. trusdair bhodach
B. trusdair bhodaich	B. thrusdar bhodach
L. trusdar bodaich	L. trusdaraibh bhodach
G. thrusdair bhodaich!	G. thrusdara bhodach !
A. an trusdar bodaich	A. na trusdair bhodach
B. an trusdair bhodaich	B. nan trusdar bhodach
L. an 'n trusdar bhodaich	L. na trusdaraibh bhodach.

Béisd chaile, *boir*.

stìg phàiste
ruidht dhuine
stropaid chaile
baoibh mhnatha
sglàmhruinn bhalaich
sgroit chaile
pleothaisg ghiullain
raitseach bhoirionn-
sgléit inghinne [aich]

A. béist chaile	A. béistean chailean.
B. béiste caile.	B. bhéistean chailean
L. béist chaile.	L. béistibh chailean
G. bhéist chaile	G. bhéistean chailean
A. a'bhéist chaile	A. na béistean chailean
B. na béiste caile	B. nam béistean chailean
L. a' 'n bhéist chaile	L. na béistibh chailean

XI.—Cas Coibe, agus cas-choibe

* ceann tighe	<i>aonar.</i>	<i>aonar.</i>
ceann-tighe	A. Cas coibe.	Cas-choibe.
eun circe	B. Cois coibe.	Coise-coibe.
eun-circe	L. Cois coibe.	Cois-choibe.
béul maigheich	<i>iomar.</i>	Chas-choibe !
beul-maigheich	A. Casan choibeachan.	<i>iomar.</i>
cròc feidh	B. chasan choibeachan.	Casan-coibe.
croc-fhéidh	L. casaibh choibeachan.	chasan-coibe.
		casaibh-coibe.
		chasa-coibe !

XII.—Ainm baistidh, &c.

A. Tòmas.	Ceit.	Càradal.	a' Ghearmailt.
B. Thòmais.	Ceite.†	Chàradail.	na Gearmailte.
L. Tòmas.	Ceit,	Càradal.	'n a' Ghearmailt.
G. a Thòmais! a Cheit!		a Chàradail.	a Ghearmailt!

Coimeas Fheairtean.

A bharrachd air na caochlaidh a chaidh 'cheana thais-beineadh, tha caochlaidh eile 'gän deanamh air feirtean 's a' Ghàidhlig, ris an canar *céumannan coimeis*. Tha tri dhiubh ann; an *céud*, an *dara*, agus an treas céum coimeis, —mar seo:

* Bheirear fainear, an seo, gu bheil an *tàthan* a deanamh *caochlaidh* air *brìgh* nam falal eadar an cuirear e; agus, uime sin, gu'm feumar ro-aire thoirt, nach càirear e ach far am freagair e do'n bhrìgh sin a's miann leinn a chur an céill. Gun an *tàthan* 's e ceann tighe—“ mullach no stuagh tighe sam bith;” ach, leis an *tàthan*, 's e ceann-tighe “ *math* no duin-uasal, a's ceann no fear-stiùraidh air meur de chinneadh àraidh, mar tha fear na Sròine, fear Ghlinn-nibheis, &c.” 'S e eun circe “ aon eun á lìnne circe;” ach 'se eun-circe, “ eireag òg.”—'S e beul maigheich am fosgladh a th'air à ceann anns am beil na fiaclan, &c. ach 's e beul-maigheich an ciothram sin a chitear air beòil dhaoine air uairibh, ris an abrar gu coidheanta *milleadh-maigheich*.”

+ 'An cuid de'n Ghàidhealtachd 's e their iad, 's a' char seo, Cheit.

<i>am bun.</i>	<i>an 1d chéum.</i>	<i>an 2ra céum.</i>	<i>an 3s céum.</i>
*1. bànn,	bàine,	bàinid,	bàinead.
2. gorm,	guirme,	guirmid,	uirmead.
3. dall,	doille,	doillid,	doillead.
4. deas,	deise,	deisid,	deasad.
5. breac,	brice,	bricid,	bricead.
6. liath,	léithe,	léithid,	léithead.
7. beò,	beòtha,	beòthaid,	beòthad.
8. réith,	réithe,	réithid,	réithead.
9. dòbhaidh,	dòbhaidhe,	dòbhaidhid,	dòbhaidhead.
10. salach,	sailche,	sailchid,	sailchead.

Ion-ainmean.

'S e ion-ainm, facal a chuirear 'an àite ainm' neach no nì, seach a bhi 'luaidh an neach no an ni e-féin mò 's tric.
 'S iad na h-ion-ainmean neachanta, mi, tu, no thu, è i; sinn, sìbh, iad. Rianar mar so iad.

	<i>air. aon.</i>		<i>air. iomar.</i>
neach	1d. mi.....mise.	neach	1d. sinn... ...sinne.
	2ra. thu.....thusa.		2ra. sibh.....sibhse.
3s.	{e, f,...esan. i, b,...ise.		3s. iadiadsan.

* 1. marbh, garbh, crùbach, sàmhach, lonach, ràideach. 2. bog, borb, crom, trom. 3. gar, glan, mall. 4. sèamh, dearg, seisg, leisg. 5. sean, geal, mear. 6. eian, dian, giar, ciar. 7. béurr, leamh, ceart. 8. clith, dlùth, gnùth, tlàth. 9. duaichnidh, gaisgidh, mùrraidh, feanntaidh, uisgidh; fiachail, foirmeil. 10. bòidh-each, uasal, reamhar, leathann, euthang.

Tha so *cho* geal *ri* sin. Is *co* geal 's an sneachd à currac. Is gile caile *na* cuilc. Is truime iarunn *na* fiadh. Trom 's ga bheil e tha ann a's truime na e. Tha 'n fhras a' fàs nas truime 's nas truime. Is gilid an t-anart an great ud. Is feairrde bràth à breacadh. Is lughaid e sid, ars' an dreallan. Mar is sine 's ann is dona. Mar is tiuighe 's ann is buaine 'm bonn. Tha 'n ùine 'dol 'an giorrad. Tha 'n là a' dol 'am faidead, 's am bainne 'dol 'am pailthead. Tha seo ro bheag. 'S ann air à lughad. Tha 'm fiadh seo ro chruaidh. Ma tà, 's ann air à chruaidhead. Air à chruaidhead, cha seas e ach goirid. Cha'n eil coimeis do Mhòir air bhòichead. Cha 'n e à boichead à mais' uile. 'S e truimead mo bhròin a liath mi. Tha deirge 'us gile an gruaidhean na fine.

Tha mi,* thu, e, &c. 'san riochd aonsmideach,—agus mise thusa esan, &c. 's an riochd ruaineach.

Còir-smidean.

'S iad na còir-smidean facail bheaga a chuirear air thoiseach air ainm, a nochdadh còir' neach sam bith air nì aràidh; mar so:

<i>mo</i>	<i>chas</i> ;.....	<i>do</i>	<i>chas</i> ;.....	<i>ä</i> <i>chas</i> , <i>chasan</i> .
„	<i>chasan</i> ...	„	<i>chasan</i> ...	<i>ä</i> <i>cas</i> , <i>casan</i> .
ar	<i>{ cas</i>	<i>ur</i>	<i>{ cas</i>	<i>än</i> <i>cas</i> , <i>casan</i> .
	<i>{ casan</i> ;.... <i>bhur</i>	<i>{ casan</i> ;....	<i>äm</i> <i>poit</i> , <i>poitean</i> .	<i>äm</i> <i>poit</i> , <i>poitean</i> .
				Aca so tha riochd ruaineach mar an ceudna:
<i>mo</i>	<i>chas-sa</i> ;	<i>do</i>	<i>chas-sa</i> ; ..	<i>ä</i> <i>chas-san</i> .
				<i>ä</i> <i>cas-se</i> .
<i>ar</i>	<i>cas-ne</i> ;.....	<i>ur</i>	<i>cas-se</i> ;.....	<i>än</i> <i>cas-san</i> .
				<i>äm</i> <i>poit-san</i> .

Dàimhein.

'S e *dàimhean*—facal aig am beil dàimh no buinte ri facal eile bhios air thoiseach air, agus ris an abair sinn an *tòiseach*. 'S iad na dàimhein *a* agus *nach*.

Sòmplachadh orra.

An cù <i>a</i> mharbh a' <i>mhaigheach</i> .
A' chearc <i>a</i> rug na h-uighean.
Am fear <i>nach</i> tréig ä chómpanach.
Na fir <i>a</i> chaith a lèon 's a' bhlàr.
Na mnathan <i>a</i> bh' air a' bhainis, agus <i>nach</i> do thill.

Dearcain.

'S e dearcän—facal a chuirear an déigh ainm' rud, gus ä dhearcnachadh no ä shònachadh o rud eile,—mar seo;—am fear *seo*; na h-eich *seo*;—am bòrd *sin*; na leacan *sin*; an tóm *ud*; na tighean *ud*:—*seo* am baile; *siud* an t-àite; *sid* Eóghan; *sid* na h-eich 's an arbhar!

* Gheibhear iad seo, corr uair, maille ri *féin*,—mar seo; mi *féin*, thu *féin*; sinn *féin*, sibh *féin*; mise *féin*, thusa *féin*, &c. An uair a chàirear *féin* ri ion-ainm mar seo, their sinn gu bheil e 'san *riochd fhéineil*.

Feòraichean.*

'S e feòraiche—facal leis am farraidear ceist; mar seo.
Có a rinn am bàta? *Ciod a th'agad 's a' chuman?*
Créud mu bheil sibh dubhach? *C'ar son a bhios tu riùm?*

Diolairean.

'S e diolaire,—facal leis an deanar earrainnean de dh-iomlan: mar seo,—fear *eigin* (de'n chuideachd); cuid *eile* (de'n chruaich); *gach* dithis (de'n bhuidhinn); a *h-uile* seachdain ('s a' bhliadhna).

Mu'n Ghnìomhän.

'S e gniomhan, facal caochlaideach a ta 'ciallachadh *Bith*, no *Gluasaid*, no *Gniomha*; mar a ta—*Thà mi*; *Is tu*; *Theich* an cù; *Bogaidh* mi a' bhròg.—Tha dà *Ghuth* aig gniomhan, mar is trice,—an guth *spreigeil*, agus an guth *creanail*. Tha an guth spreigeil a' faclachadh bith no gluasaid neach sam bith, no a' nochdadhar mar a thà, bhà, no bhitheas aon neach a' *càradh* no a' diol neach, no cuspair, sam bith eile: mar seo,—“*Tha e 's tigh;*” “*Is tu län;*” “*Ghèarr mi craobh.*” †—Tha an guth creanail a' faclachadh a' *chreanaidh* no an fhulangais a thà, bhà no bhitheas, aon neach a' toirt air neach no air cuspair eile; mar seo, “*Ghearradh cas Iain;*” ‡ *Glacar* am mèirleach.

* Theirear feòraichean-gniomhain ris na lidean beaga a chuirear aig tùs ghnìomhän a dh'fharraid cheist; mar a ta—*Am fac' thu e?* *An toigh leat mi?* *Nach faigh thu dad uaipe?* *An tu seo?* *Am fion sin?* *Nach caol seo?* *N'esan tha shuas?*

† 'S e *ghèarr*, 'an seo, “guth spreigeil” a' ghnìomhainn *gèarr*.

‡ An seo, 'se *ghearradh* “guth creanail” a' ghnìomhainn, *gèarr*; 's e gearradh an *creanadh* a dh'fhuiling a' chas; agus 'si 'chas an ni (no an neach) a dh'fhuiling è.

Aig gniomhan tha trì MODHAN,—no dòighean air gniomh a chur 'an céill,—am *Modh Dearcnach*, am *Modh Murrach*, agus am *Modh Fàinteach*. Tha am Modh Dearcnach a' cur an céill bith, no gniomha, gu saor, réith; mar—An do *thog* iad am balla?—*Thog*.—Cha do *thog*.—Tha am Modh Murrach a' faclachadh gniomha maille ri toil, no comas, à *dheanamh*, mar an céudna; mar—An *togadh* iad am balla?—*Thogadh*.—Cha *togadh*.—Tha am Modh Fàinteach ag òrdachadh, no a' bacadh, gniomh a *dheanamh*; mar—*Tog* am balla. *Na tog* am balla.

'S e trà—an t-àm no an ùine 's am bitear a' *deanamh* gniomha. Tha trì tràthan aig a' Mhodh Dhearcnach, an tra thà, an tra bhà, 'san tra bhios; a h-aon aig an dà Mhodh eile. Tha an tra thà a' nochdadh gniomha a' dol air 'adhart *an dràsta*,—mar—*Tha mi 'cur sil*;—an tra bhà,—gu'n robh e 'dol air 'adhart *uair-eigin* ROIMHE seo, —mar—*Chuir mi siol*;—an tra bhios,—gu'm bi e 'dol air 'adhart *uair-eigin* 'an DEIGH seo,—mar—*Cuiridh mi siol*.

Tha trì seoil-bhruidhne aig gach trà dhiubh sin; an seol *ceisteach*, an seol *dicheadh*, agus an seol *aidhmheadh*. Tha än *ainm* sin a' mìneachadh äm féuma.

Cuirear, gu tric, an smid *adh*, ri deireadh gniomhain, gus facal a *dheanamh* a ta 'nä *ainm* air a' ghnìomh,—mar,—còrd-*adh*, dual-*adh*, gar-*adh*, lion-*adh*, &c.; agus, gu bidheanta, cuirear an smid *te* 'san ionad cheudna, a *dheanamh* facail a ta ciallachadh a' chor gus an do strìochd gniomh àraidh cuspair sam bith;—mar—bris-*te*, buail-*te*, sgaoil-*te*, paisg-*te*, &c. Ris a' cheud ghnè fhacail their sinn an gniomh-ainm, no an *spreigeach*; ris an dara gnè, an *creanach*.—Gabhaidh ioma caochladh eile cur air brìgh gniomhain le còmhnhadh fhacal beaga àraidh a chitear aig bun gach slios do'n t-samhuilt so 'leanas.

SAMHUILT

Air Rianachadh gnìomhain.

Am Modh Dearcnach.

An guth spregeil.

Bog.

Air. *aonarra.* *iomarra.*

1d. 2ra. 3s. 1d. 2ra. 3s.

neach. mi, thu, e, i: sinn, sibh, iad.

'gam, 'gad, 'gä, 'gà: 'gar, 'gur, 'gäm,

&c.

An guth creanail.

Bogar.

*aonarra.**iomarra.*

1d. 2ra. 3s.

'gam, 'gad, 'gä, 'gà: 'gar, 'gur, 'gäm,

An trà thà.

ceisteach	$\left\{ \begin{matrix} am & 1 \\ nach & 2 \end{matrix} \right\}$ Beil*mi?	$\left\{ \begin{matrix} Beil*mi? \\ Eil mi? \end{matrix} \right\}$	Bogadh	c. $\left\{ \begin{matrix} am & 1 \\ nach & 2 \end{matrix} \right\}$ Beilear* 'gam	$\left\{ \begin{matrix} 1, 2, 3, aon. \\ Eilear 'gam \end{matrix} \right\}$
àicheach	$\left\{ \begin{matrix} cha'n & 1 \\ ni'm & 2 \end{matrix} \right\}$ Beil mi	$\left\{ \begin{matrix} Beil mi \\ Eil mi \end{matrix} \right\}$	Bogadh	à. $\left\{ \begin{matrix} cha-n & 1 \\ ni'm & 2 \end{matrix} \right\}$ Eilear 'gam	$\left\{ \begin{matrix} 1, 2, 3, aon. \\ Eilear 'gam \end{matrix} \right\}$
aidmheach	3Tha mi	a' Bogadh		aid. 3Thàtar 'gam	Bogadh.

An trà bhà.

ceist.	$\left\{ \begin{matrix} an & 1 \\ nach & 2 \end{matrix} \right\}$ do Bhog mi?	$\left\{ \begin{matrix} do \\ Robh mi a' Bogadh. \end{matrix} \right\}$	c. $\left\{ \begin{matrix} an & 1 \\ nach & 2 \end{matrix} \right\}$ do Bho-gadh mi?	$\left\{ \begin{matrix} do \\ Robhas'gam Bhogadh? \end{matrix} \right\}$
àich.	$\left\{ \begin{matrix} cha & 1 \\ ni'n & 2 \end{matrix} \right\}$ do Bhog mi.	$\left\{ \begin{matrix} do \\ Robh mi a' Bogadh. \end{matrix} \right\}$	à. $\left\{ \begin{matrix} cha & 1 \\ ni'n & 2 \end{matrix} \right\}$ do Bho-gadh mi.	$\left\{ \begin{matrix} do \\ Robhas'gam Bhogadh. \end{matrix} \right\}$
aid.	do 4 Bhog mi. Bha mi a' Bogadh.		aid. do 4 Bho-gadh mi. Bhatar 'gam Bhogadh.	

An trà bhios.

ceist.	$\left\{ \begin{matrix} am & 1 \\ nach & 2 \end{matrix} \right\}$ Bog mi?	$\left\{ \begin{matrix} Bog mi ? \\ Bi mi a' Bogadh ? \end{matrix} \right\}$	c. $\left\{ \begin{matrix} am & 1 \\ nach & 2 \end{matrix} \right\}$ Bog-ar mi?	$\left\{ \begin{matrix} Bog-ar mi ? \\ Bitear 'gam Bhogadh? \end{matrix} \right\}$
àich.	$\left\{ \begin{matrix} cha & 1 \\ ni'm & 2 \end{matrix} \right\}$ Bhog mi.	$\left\{ \begin{matrix} Bhog mi \\ Bi mi a' Bogadh. \end{matrix} \right\}$	à. $\left\{ \begin{matrix} cha & 1 \\ ni'm & 2 \end{matrix} \right\}$ Bhogar mi.	$\left\{ \begin{matrix} Bhogar mi \\ Bhitear, &c. \end{matrix} \right\}$
aid.	$\left\{ \begin{matrix} Bog-aidh mi. & 3 \\ 6 Bog-as mi. & 4 \end{matrix} \right\}$	$\left\{ \begin{matrix} Bog-aidh mi. \\ Bi mi a' Bogadh. \end{matrix} \right\}$	aid. 7 Bogar mi.	$\left\{ \begin{matrix} Bogar mi \\ Bhitear, &c. \end{matrix} \right\}$

Bithidh mi a' Bogadh.

* Their iad 'an cui'd de'n Ghàidhealtachd,—am Bheil? am Bheilear?—1. gu'm Beil, gu Bheil. 2. ged 'Eil, mur h-'Eil. 3. a, ged, ma ta, ma tha, mar, o'n. 4. ged, nach, gu'n, mur, na'n, gus an;—ma bhog mi. 5. gu'm, nach, mu'm, mur. 6. a, ged, ma,

Am Modh Murrach.

An trà bhà.

<i>Air.</i>	<i>aonar.</i>		<i>aonar.</i>
<i>neach</i>	1d <i>am</i> ⁸ Bog-ainn ? <i>Bithinn.</i>		1d <i>am</i> ⁸ Bogteadh mi ? <i>Biteadh 'gam.</i>
	2ra <i>am</i> Bogadh tu ? <i>Bitheadh.</i>		2ra <i>am</i> Bogteadh thu ? <i>Biteadh 'gad.</i>
	3s <i>am</i> Bogadh e, i ? <i>Bitheadh.</i>		3s <i>am</i> Bogteadh e, i ? <i>Biteadh gä, ga.</i>
<i>ceist.</i>	<i>iomarra.</i>		c. <i>iomarra.</i>
	1d <i>am</i> Bogamaid ? <i>Bitheamaid.</i>		1d <i>am</i> Bogteadh sinn ? <i>Biteadh 'gar.</i>
	2ra <i>am</i> Bogadh sibh ? <i>Bitheadh.</i>		2ra <i>am</i> Bogteadh sibh ? <i>Biteadh 'gur.</i>
	3s <i>am</i> Bogadh iad ? <i>Bitheadh.</i>		3s <i>am</i> Bogteadh iad ? <i>Biteadh 'gäm.</i>
àich.	1d <i>cha</i> Bhogainn, <i>Bhithinn, &c.</i>	à.	1d <i>cha</i> ⁹ Bhogteadh mi, <i>Bhileadh, &c.</i>
aid.	1d ¹⁰ Bhogainn, <i>Bhithinn, &c.</i>	aid. 1d	Bhogteadh mi, <i>Bhiteadh, &c.</i>

mar, o'n *bhogas* mi. 7. ged, ma, mar, o'n *bhogar* mi. 8. nach ? 9. ni'm *bogteadh*. 10. a, ged, mar, o'n 'nuair, trà *bhogainn*; na'm, gu'm, mu'm, mur, nach, *logainn*.—Gheibhear na *codhiogan* sin gu tric air thùs air na roinnean sin de'n gniomhan a ta comharraichte le ail chunntais. Agus, an àm a bhi rianachadh, is coir a theagast do'n sgoilear gach aon diubh a chàradh 'nän àite fèin.

Brìs, crath, dragh, fliuch, glan, grab, mùch, plod, paisg, spòr, slaod, srac, trus, till. Aidich, éurr, innis, ob, ùp.—Blais, cuir, dean, fan, gluais, iomair, mair, pìli, saoil.—Las, léugh, naisg, nigh, ruith. scol, scuir, stad, smàd. spion.

Am Modh Fàinteach.

An trà thà.

	<i>aonar.</i>		<i>aonar.</i>
<i>neach</i>	1d ^{1 1} Bog-am. <i>Bitheam.</i>	1d	^{1 1} Bogar mi. <i>Bitear.</i>
2ra	Bog, Bog thusa. <i>Bi, Bi.</i>	2ra	Bogar thu. <i>Bitear.</i>
3s	Bog-adh e, i. <i>Bitheadh.</i>	3s	Bogar e, i. <i>Bitear.</i>
	<i>iomar.</i>		<i>iomar.</i>
1d	Bog-amaid. <i>Bitheamaid.</i>	1d	Bogar sinn. <i>Bitear.</i>
2ra	Bog-aibh. <i>Bitibh.</i>	2ra	Bogar sibh. <i>Bitear.</i>
3s	Bog-adh iad. <i>Bitheadh.</i>	3s	Bogar iad. <i>Bitear.</i>
	<i>An spreigeach.</i>		<i>An crèanach.</i>
	^{1 2} Bogadh.* <i>Bith.</i>		^{1 3} Bogte.

11. na bogam; nar, nior *bhogam*. 12. ag, a', brath, chum, gu, iar, le, los, ri, seach *bogadh*: a, de, do, fo, o, mu *bhogadh*.
13. gad *bogte*, bròg *bhogte*; goid *bhogte*, brògan *bogte*.

* Bogadh, ainm *fearanta*. “ Thoir bogadh math dha.” ’Nuair bhios *ag* no a' air thoiseach air ainm-gniomhain mar seo, tha am facal, an sin, a' ciallachadh gniomha no deanadais air choirigin; mar seo: Tha e a' sgaoileadh feòir. Nach eil iad a' bogadh nan gad?

Cleachdadhbh air caochladhbh briathrachais leis an
Spreigeach.

Tiugainn a bhogadh na seiche. Am beil thu los an t-airgiod a phàidheadh dhomh? Bha mi iar an airgiod a phàidheadh roimhe seo, mur b'e gu'n d' thainig éis orm. Nach robh thu pàigheadh airgid do Ruairidh mór an raoir? Is trom mi 'n diugh a' fagail mo dhùcha; 'mi falbh gun sgillin 'am phòca.—Thainig an tòir orm 's mi 'g éirigh 's a' chamhanaich. Nach cuidich sibh an duine, 's iad 'g ä shàrachadh! Och, rinn iad mise a shàrachadh roimhe seo. Ach, 's teann nach d' rinn iad mo shàrachadh-sa cuideachd.—Gabh ealla ris na muilt 'gän ruagadh le d' chù; cha teichd na rinn iad de shiubhal mar tha. Ciod an eron a ni e orra än cur thar an alld? Cha bu ghamh leam air crùn na chaidh a dheanamh orra cheana. An robh thu air an fhéill? Ma ta, tha mi dìreach iar tilleadh dhith. Am beil thusa dol h-nice? Tha mi dìreach air mo chéum. Chi mi thu, iar tilleadh dhut. U chì, ni mi guth agad 's an dol seachad. 'S math leinn d' fhaicinn.—A Ghursal, bha thus' eòlach an seo uair. Bha latha dhà sin, Aoirig. Bha mi latha a' nigheadaireachd 'san linne seo; agus a' bogadh an anairt dhomh léum stiallaire bradain thall ud a thug clisgeadh orm. Agus, iar clisgeadh dhut, theich thu! Theich, ach, cha robh mi ach òg 'san àm. Nach bu tu a' phleothaisg a' teicheadh roimh bhradan! Bha ciaradh nan trà ann, 's chuir am plub maoim fotham. An déis dhut teicheadh, chaidh an t-anart leis an t-sruth. Cuist, cuist, tha mi iar mo bhódhradh leat.

Am beil an t-anart seo r'ä nighe? Tha a' phlath sin r'à nighe, na tubhailtean ud r'än sgaoileadh, agus an dà chluasaig ud r'än cur 'am bogadh.—An robh thu air a' phòsadh, Ealasaid? Cha robh ach bha mi air a' bhainis; bha am ministear iar a' chàraig a phòsadh mu'n d' ràinig mi. Iar ruigsinn dhut, bha'n danns' iar tòiseachadh? Bha iad a' smùideadh air gu fathromach.

CRUINN'-EOLAS.

'Se cruinn'-eolas, eòlas mu'n chruinne. Theirear an cruinne, no an cruinn-cé ris an t-saoghal seo, chionn gu'm beil e *cruinn*, mar pheileir mòr. Is talamh cuid de'n chruinne, agus uisge cuid eile dheth. Ris an talamh their sinn *tìr*, no *fearann*, agus ris an uisge, cuan no fairge. Is mò' a tha de dhuisge air uachdar a' chruinne na tha ann de thalamh. Ri uisge na Mara their sinn *sàile*, chionn gu'm beil blas saillte air. Ri farsuingeachd mhòir mhara their-ear *cuan*, mar a ta an cuan Tuathach, cuan Atlais, &c. Ri earrainn mhòir de'n chuan a ta bogha fearainn ag iathadh, their sinn glamhus; mar a ta glamhus Mhecsico, glamhus Phersiä, &c. Ri poll leathann mara eadar dà thîr theirear linne'; ri stéill fhada dhi a tha dol a steach 'san fhearrann, theirear loch-sàile; mar a ta loch-Fìne, loch-Suaineart, loch-nan-uagh, &c. Ri cuibhrinn na's mò na loch, their iad muir; mar a ta a' Mhuir ruadh, a' Mhuir Loch-luinneach, &c. Ri earrannan eile de'n t-sàile a tha 'gabail a stigh do'n fhearrann, theirear camuis, òbain, geothachan, calachan, cromaidh, no sàileanan, a reir mèudachd, cumaidh, no coslais nàdurra än àite.

Ri farsuingeachd chéin fhearrann their-ear tir-mòr, mòr-thir, no mòr-roinn; mar a ta an *Roinn-eòrpa*, an *Aisia*, *Africa* agus *Ameirica*. Ri fearann a ta dol sgrìob mhòr amach 's a' chuan, their sinn Ceann, ceanna-mhor, maol no òrd; agus rugha, ruinn, àird, sròn, gob, &c., ri sgeòdan a's giorra; mar a ta *Ceann na h-Adhairce* (ceann deas Ameirica); *Maol an deagh Dhòchais*, (ceann deas Africa); *Ceann-tìre* (taobh siar na Spàinnt); *An t-Ord catach*, (taobh tuath na h-Albann); *An t-Ord Gallach*, *Maol na h-òighe*, &c.

MU'N FHEARANN.

'Se *tairbeart*—amhach fhearrann eadar dà mhòr-roinn, no eadar dà uisge; mar a ta tairbeart Shùëis, (eadar Africa's an Aisia); tairbeart Phanàma (eadar dà Ameirica), &c.—'S e *eilean*, no innis, no i, fearann tur-chuairtichte le

h-uisge; mar a ta Madagascar, Eigh-innis, Breatuinn, Eirinn, &c.—'S e *doirlinn* mìr fearainn nach mòr nach eil 'nà' eilean; mar a ta Lochluinn, an Eadailt, a' Ghréig, &c.

'S e *srath*, cònard glinne. 'S e gleann, fosgladh eadar aonaichean. 'S e *lär* no ùrlar glinne ä shrath. 'S iad ä shliosan, taoibh nan sliabh a ta 'togail o'n t-srath. 'S e *sliabh*, aonach ìseal leathann. 'S e *beinn*, monadh àrd, àrd. 'S e *cruach*, meall cruinn air leth. 'S e *sgùrr*, monadh biorach cas ag éiridh air leth, no cnap binneineach corrach air druim no uchd monaidh eile. 'S e *bealach*,—béum, bearradh sgör no eag ann am monadh. 'S e *làirig* bealach no slighe eadar dà mhonadh. 'Se *cadha* bealach cumhann ri slios no ri bun monaidh. 'Se *stùc* bruchd at-mhor air uchd monaidh, agus á h-aodunn aillteach, cas. 'S e *guala*, oisin no uillionn monaidh. 'S e *sròn-rugha* no àird a' ruith o mphonadh gu srath. 'Se *giùirne*, foinne no cnap cairgneach air mullach, no air taobh monaidh. 'S e *fàireamh* iomall no faobhar monaidh mar chìtear e eadar an t-sùil agus an spéur. 'S e *coire*, fosgladh cruinn leth-lòpanach ann an uchd monaidh. 'Se *aillte*, creag àrd chorragh chas. 'Se *fásadh*, cònard fo mhulc fearainn 's e 'dol 'nä rugha mach 's an uisge. 'Se *bàrr*, no bràighe, a' chuid a's àirde de dhùthaich; agus *bun* no iochdar a' chuid a's isle dhith. 'Se *lóm*—àite neo-fhasgadhach cònard. 'S e *innis*, cònard fasgadhach ri th fo dhion coille.

Mìnich féin druim, fireach, mullach, cìrean, glac, feadan, fraigh, réithlean, ruighe, creachunn, doire, coille, frìth, lòn fàsach, &c. learg, leitir, lurga, goirtean, aonach, uchdach, tom.

MU'N UISGE.

'Se *loch uisge*—uisge tur-chuairtichte le fearann, mar a ta Loch-nis, Loch-tadha, Loch-loimein, &c. 'S e abhuinn, uisge 'tha ruith leis na h-aonaich, ann an amar, sios do'n mhuir. 'Se fuaran no loch—*mathair-uisge* aibhne. 'S e *abar* aite far am beil abhuinn a còmhlachadh uìsg' eile; mar a ta Abar-chaladair, Abar-thairbh, Abar-readhoin,

&c. 'Se ionbhar,* am fearann cònard a ta shios mu abar aibhne; mar a ta an t-Ionbhar, Ionbhar-àir, Ionbhar-nis, Ionbhar-lòchaidh, &c. 'Se comar, mar an céudna, coinn-eachadh dà uisge, agus 'se comaraich a theirear ris an fhearann a ta eadar na h-uisgeachan; mar a ta a' Chomaraich, (eadar Loch Caruinn agus Loch Toradain); a' Chomaraich ('an Siorrachd Pheairt); Magh-comair (eadar Lòchaidh agus Spiathain 'an Lochabar.) Ri uisge a's lughna abhuinn their sinn alld, caochan, steall, sruthan, srùlag, ruith uisge, &c.

'Se cuan-choire no slugan, ionad 's an fhairge far am beil an sruth 'gä thoinneamh, gu garg faochagach, air chor 's gu'n deothail e leis, agus gun sluig e sios gach nì air am faigh e greim. Tha fear dhiubh seo eadar Diùra 'us Sgarba, ris an abrar Coire-bhreacain.—Se an seolmara, sruth an lionaiddh no 'n tràghaidh. 'Se corran no caisle, cuinge troimh am bi an sruth a' ruith gu eas corrach. 'Se sùmaid, no bàrc, tonn no stuaidh lunnach mhòr. 'Se 'm bélán an tonn a's faisge de dhithis, agus an cùlan an ath fhear dha. 'Se an clagh—an slochd a bhios eadar dà thonn. 'Se buinne-beò toiseach éirigh an làin gu reothairt. 'Si 'n reothairt, trà nan làn mòra. 'Si a' chòn-traigh, trà nan làn beaga.

'Se sgeir, no roc, creag anns a' mhuir a thig ris, (no dlùth air,) ri h-àm tràighe, ach a bhios fo-thuinn ri h-àm a' mhòr-làin. 'Se oitir, tanalach a bhios ris, ri tràigh.—'Se caol stiall chaol mhara eadar dà fhearann; mar a ta caol Muile, caol 'Ile, &c.—agus theirear caolas ris a' chuid a's cuinge dheth; mar a ta caolas Shiùna, caolas Mhic Phàdraic. 'Se port no aiseag, àite far am bithear a' dol thairis air uisg' ann am bàta. 'Se beul-àth, àite 'san urrain neach dol troimh abhuinn gä chois. Ri slios no oir an fhearinne, cois na fairge, theirear còrsa, eirir, oirir, cladach, tìr, no tràigh. 'Se morfhach,† fearann thar am bi a' mhuir no uisg' eile a' sgaoileadh corr uair.

* *Inver, Wel.* Yn mer in mhar (uisge ann an uisge). Abar. Wel. *Aber,* (aw-bior, uisge ri h-uisge.) Comar, Wel. *Cymmer* (comhuisge.)

† Mor-fhaich; 's e sin, muir-fhaich: Morva, Welsh.

Mìnich fein tèbh, mearashal faothail, lunn, stoirm, fiath, ciùine, glogruinn, fuardh-froise, sgopraich, teine-sionnachain, taisdeal, trò, fannan, drothan, driuch, sion, doinionn, soinionn, marcachd-sìne, ondhadh, sluistreadh, fosghair, luinneinich, ruinigil, cuartag.

MU GHLUASAD A' CHRUINNE.

Tha an cruinne a' roladh mu'n cuairt air à dheil féin, o shiar gu sear, aon uair 's na ceithir uaire fichead. 'S e iath seo a' chruinne a ta ris an latha 's ris an oïche. An uair a theid a' ghrian fotha òirnne, feasgar, tha i 'g éirigh air a' chuid de'n t-saoghal a ta siar uainn; air chor 's gu'm beil a' mhaduinn a' briseadh, an còmhnaigh, air àite-eigin, an uair a tha 'm feasgar a' ciaradh àit' eile. Cha robh fios aig na seann Ghàidheil air seo—chionn theireadh iad—"an saoghal mu'n iath 'ghrian"—an àite "a' ghrian mu'n iath an saoghal." Ach, cha b' iad na Gàidheil a-mhàin a bha 'm mearachd 's a' bheachd seo; bha na h-Iùdhaich ann, agus a' chuid bu mho de chumanta gach tire, o shean.—A bhàrr air a bhi rcladh air à dheil, mar chaidh 'innseadh, tha 'n saoghal seo ag iath mu'n cuairt do'n ghréin aon uair 's a' bhliadhna. 'S e iathadh seo a' chruinne mu'n ghréin a ta ri ràidhean na bliadhna, —an t-Earrach, an Samhradh, am Foghar, 's an Geamhradh. Leth na bliadhna, tha 'n saoghal, 'nä chuairt, ag aomadh gu deas;* agus, ri linn sin, tha am màrt, an céitein an samhradh 's am foghar aig na tha tuath air teis-meadhoinn a' chruinne. Leth eile na bliadhna, tha e ag aomadh gu tuath;† agus, an sin,—na h-aimsirean céudna a bha, roimhe, aig leth tuath a' chruinne, tha iad a nis aig à leth deas; agus, aig na tha mu thuath, tha deireadh fionnar an fhoghair, an geamhràdh nuaranta dùlaidh, agus toiseach an earraich reangaich acraich stoirmeil. Mar seo tha Dia, 'nä Fhreasdal caomh, gu h-àrd-uachdar-anach a' diol à mhathais gu cothromach air gach cèarna d'á chruitheachd mhòir mu seach; agus leanaidh e air sin

* Tha seo a' toirt air a' ghréin dealradh na's faide gu tuath.

† Tha seo a' toirt air a ghréin dealradh na's faide gu deas.

a dheanamh, (mar gheall e do Nòäh) gus nach bi aimsir tuillidh ann.

‘Sann air iath so a chruinne mu’n ghréin a tha Mac Mhai’stir Alastair a’ tighin, ’nuair a tha e ‘g ràdh, ann an Oran a’ Gheamhraidh—

“ Tharruing *Grian*,—rìgh nam planaid ‘s nan réul,
Gu *sign Chanceir*, di-ciadain, gu beachd,
A riaghlas, cothrom, mu ‘n criochnaich e ‘*thriall*,
Da mhios dhéuga na bliadhna mu seach.

* * * * *

‘So ‘n *dh’imich* e nis uainn *mu’n cuairt*,
Gu’m bi fuachd oirnn gu’ ‘m *pìll* e air ‘ais;
Bi’dh gach là dol’ an giorràd gu féum,
‘S gach oïche, do ‘réir, ‘dol ‘am faid.’” * * *

Agus Eobhan Mac Lachluinn, ’nuair tha e ‘g ràdh—

“ Tha *Phoébus* ‘s na spéuraibh
Ag *éiridh*, ‘nà *thriall*
Roimh réultaichean Ghéur-shaigheid
Bhéumnaich nan sian.” * * *

Ach féumar a chumail ‘an cuimhne nach i a’ ghrian a taris an *imeachd* seo idir, ach an talamh; agus gur ann a ta sinne ‘faicinn na gréine a’ *triall* uainn, ‘s ag *éirigh* dlùth òirnn, a thaobh an *fhiaraidh* a tha ‘nn an slighe a’ chruinne timchioll na gréine.

Tha a’ ghrian de dh-astar o’n talamh seo 4 fichead muillion mile ‘s a 5 déug.—’S e dèarrsadh na gréine tha soillseachadh na gealaiche. An uair a bhios solus na gealaich’ a dhìth òirnne, tha ise, ‘nà h-imeachd, a’ dealradh air cuid eile de ‘n chruinne seo. ’S e ‘m fàs an t-àm ‘s am bi ‘ghealach a’ lionadh, agus an *t-earradhuhb* an t-am ‘s am bi i a’ lughdachadh à gnùise.

MU IOMA NI A THRÉIG.

Is neònach a’ chainnt a’ Ghàidhlig. Tha i anabarrach sean. ’S e seanachas no àrsaireachd, fiosrachadh no èolas mu shean ghnothaichean; ‘s e seanchas, bruidhinn mu’n déibhinn, agus is e seanchaidh, fear a ta math air seanchas a dheanamh ùmpa. ’S e giullan seanagarra, fear a bhios, ‘nà chòmhradh ‘s ‘nà dheanadas, coltach ri daoine a’s

sine na e féin. 'S e sean-nòs, seann chleachdad; ach 's e seanadh, comunn de sheann daoine (gu diachadaich de'n chléir) cruinn a' cur än comhairle ri 'chéile mu chùis lagha no chreidimh. Ris gach fear de'n t-seanadh, theirear *seanair*; ach 's e seanair, mar an céudna, duin' aig am bi ogha. 'S iad saighdean armachd cho sean 's a th'air an t-saoghal, thathas 'am beachd. 'S e saighdear fear-saighde; ach, a nise, bheirear an t-ainm sin air fear-cogaidh sam bith, co dhiubh 's claidheamh no gunna 's ball-airm dha.—Bi 'n t-slige-chreachainn 's an còrn, as am biodh na seann Ghàidheil ag òl. Bhiodh cuachan aca cuideachd. Bha uair, agus 's ann an sothichean craicinn a bhiteadh a' gleidheadh agus a' giùlan dibhe. Riutha sin theireadh searragan, no soireachan-dibhe. Bha soireachan eil' aca, ris an canadh iad builg, gus gràn 'us min 's än samhuil a ghleidheadh. Bha nàdur bhròg aca ris an abradh iad cuarain. Bha trusgan àiridh aca ris an cainteadh féileadh-sguaibe, agus gnè eile aig na boirionnaich, do'm b'ainm earrasaid. Theireadh iad sgùman ris a bhad fhuilt a bh'air clàr än aodainn, agus sgrogan ri boineid bhig leibidich. Bha na fir 'nän gaisgich thréuna; cruadalach, fulangach air fuachd 'us acras, teóm air siubhal nam fireach 's nam fàsach; ro dhéigheil air seilg 's air sithinn; agus 'nuair a dheanadh iad fiadhach, dh'òladh iad an sàth de'n t-siabh; bhiodh fleadh aca bhàrr an fhéidh, agus 'nä dhéigh sin cab ri còrn, gus an éireadh än aigne gu treallan a thoirt air dànochd na Féinne, 's air fear-ghniomh an sìnnseir, gus an cuireadh mac-talla na h-oïche maoim fo na logaidean, agus crith air na creagan aosda.

Ach, a dh'aindeoin seo air fad, bha iad làn ghisreag. Bha iad a' creidsinn gun teagamh gu'n robh glaistigean, 'us ùraisgean, 'us bodaich, 'us bòchdain, 'us fomhairean, 'us omharlairean, 'us mnathan-sìthe, 'us sìthchean, 'us daoine beaga, 'us siogaidean, 'us eich-uisge, 'us tairbh-fhaire, 'us spréidh chorc-chluasach, 'us tàisg, 'us taibhsean, 'us tàcharain, 'us tubaistean, 'us tàisearan, 'us tàisearachd, 'us buidsichean, 'us raidsichean, 's an sgoil dubh, 's an dàn, 's an droch shùil ann; agus na maighdionnan-mara, agus gu'm b'e ròn mac rìgh fo gheasaibh, agus gu'm

biodh na buidsichean a' dol 'an riochd mhaigheach, 'us ghobhar, agus mar sin sìos. An àm a bhi seanchas sgiorraidh, dh'fshéumadh " samhuilt an cloich, no 'gà innseadh do na clachan e," a bhi ann; no " croisam sgiorradh." " Cha bhiodh e 'nä shùigradh" tachairt air boirionnach cas-ruiste, 's a' mhaduinn. Bha " seilcheag air lie luim, searrach òg 's à leth-deiridh ri gaisgeach, 'nä mhanadh air mi-shealbh dha fad na bliadhna; agus bha ceileir aoibhneach na cuthaige féin, 'nä chulaidh sinuainich do m' shìn-seanair, na'n cluinneadh e á ceud ghug-gùg, " latha buidhe Bealltuinn," " gun bhiadh 'nä bhroinn."—Ach, soiridh buan leis na gaisgich fhéilidh. Choilion iad ùdarrais an lìnné féin. Tha ann an diugh a their, nach d'thainig an samhuil 'nän déigh. Agus có's urrainn sin àicheadh? Thainig mùthadh nòis air an tìr o'n theasd iad uile, agus ged nach d'thàinig Tómas le 'chuid each fathast, agus nach eil fhios cia aca tha e 'n Dun-bnic no 'n Tom-na-h-iùraich: tha coslas, ma leanas an cosnadh 's a' Ghalltachd mar thà e, gu'm bi " latha nan creach aig Cluaidh."

ATHARRACHADH CAINNTE.

Ann an Ceann-tìre, 's e gròib a their iad ri h-inè, *biorach* ri gamhuinn, *cuinneag-mhaistridh* ri muidhe, agus *bòch* ri bàthaich. 'S e càr a their iad ri càrn-slaoid, *coibe* ri spaid, *màdhalt* ri sgùilean, *bodhtradh* ri bùrach, *sùgan* ri sioman, agus *màtag* ri croman-dùin. Their iad, *eun* ri ian, dèur ri diar, dòl ri dol, lòch ri loch, agus deoch ri deoch. Ri dionas creagach ann am bruaich uillt, far am bi *togail* 'g à deanamh 'an ceilt, their iad *tùr*.—Their iad *cùdainn* ri tuba no ballan, rathad Ionbhar-nis; ach 's e *ciut* a their Muinntir Chinn-tìre rithe. Their euid molt ri mult, balt ri bolt, cos ri cas, corc ri coirce, èarna ri eòrna, agus steóll ri steall.

Ri clòth garbh their iad *ròmach*, mu dheas oirnn.—Mu thuath their iad ris a' bhruinn-deargan *pigidh*;—their sinn féin *bigidh* ri èun sam bith. 'S e *stuaididh* a their iad 'an Uithist ri stìdidh.—Ann an 'Arasaig their iad *Tòmas* ri Tómas, agus thà à, 'an àite thà è. Ann an Siorrhachd Rois, theireadh iad—" *Am pac thu 'm piocaid*

a'm?" an àite,—mar a their sinne,—“ Am fache thu 'phiochcaid agam?”—agus Du'ic-aoi—'an àite Duthaich-mhic-Aoidh.—Ann an Aruinn their iad an *treigh* ris an tràigh, an spèin ris an spàin, agus am *bwèta* ris a' bhàta. Tha cuid againn fein a their, mar seo, *metheir* ri màthair, agus *spèin* ri spàin.—Rathad Urachaduinn their iad *cheana* no *chean* ri “gu dearbh.” Mu Ionbhar-aora their iad “*mo chriosan*” ri pàiste ris am bi iad ri beadradh, an àite (mar theireadhmaide) mo cheist, mo rùn, no mo laogh thu.—Ann an Caolasaid their iad *bhitheabh* e, 'an àite *bhitheadh* e, na'm buaileabh e mi, 'an àite—na'm buaileadh.—Ann am Bràighe Lochabar their iad lugh, frûch, cùl, sùthal, ûl, ri laogh, fraoch, caol, aol, saoghal; agus tha cuid de mhuinnntir Lochabar a their mûdal ri maodal, agus dorust, solust, brist, 'an àite dorus, solus, bris. Tha seo uile glé neònach: ach nach eil e dìreach cho iongantach Peadal a radh ri Peadar, Pòl ri Pàl, agus *Saul* ri Sàl,—*iùntas* ri ioghantas *cearche* ri cearc, bràch ri bràth, maich ri maith, agus an taol 'us tigh dhiom 'an àit an taobh a's tigh dhiom, &c.? Dh'fhaointeadh leabhar gàbhaidh a sgriobhadh mu'n chùis seo, na'm biodh duin' ann aig am biodh làn-eòlas, pailteas ùine, agus na bu leòr de dh-airgiot gus a chur a mach a nasgaidh.

Tha mòran fhacal anns a' Ghàidhlig a ghabh i an iasad; mar a ta *inid*, *caileadaireachd*, *cómbaist*, *spéuclar*, *eiseimpleir*, *caiptin*, *còirneal*, *sgipeir*, *dróng*, *ministear*, *sagart*, *truinnseir*, *clàrc*, *simileir*, *salm*, *tiompan*, *trómpaid*, *oifrinn*, *ifrinn*, *aingeal*, *deomhan*, *diabhol*, *paidir*, *bóid*, *bóla*, *brot*, *briuthas*, *cibear*, *calluinn*, *fùdar*, *pùthar*, *clòsaid*, *pàilliun*, *caibdeal*, &c.

Tha mòran de bhun-fhacail na càinnte iar dol á cleachdadh; ach faodar fathast äm brìgh a lorgachadh suas o'n t-sliochd a rinn tàrmach uapa, mar seo; *eir*, (cearc); *pis*, (cat); *cuil*, (piast); *aigle*, (àille); *cait*, (driuch); *fait*, (sgàth); *frog*, *forg*, *subh*, (sunnd); *ciom*, (brüid); *driong*, (fuaim bhrònach fhann); *beairt*, (maoin); *gread*, (treis), &c. Mìnichidh än siol seo brìgh än sìnnisir; *eireag*, *piseag*, *cuileag*, *aiglean*, *caitean*, *faiteach*, *frogan*, *forgan*, *subhach*, *ciomach*, *driongan*, *beairteach*, *greadan*, &c.

EARRANNAN DE 'N BHÌOBAL

A ta dearbhadh theagasg-bunchair a' Chreidimh Fhoillsichte.

'S e an creideamh Foillsichte an creideamh sin a ta Dia 'leigeil ris dhuinn anns a' Bhìobal.

I.—Mu Dhia, agus ä bhuaidhibh.

Is spiorad Dia. (a.) 'S e an Tighearna an Dia sìorruidh. (b.) Cha-n eil Dia eile ann ach e. (c.) Is aon amhàin e. (d.) Tha e gun *toiseach* gun *chrìch*. (e.) Tha e gun *tomhas* gun *chriochaibh*. (f.) Tha e *neo-eisimealach*, (g.) *àrd-uachdaranach*; (h.) a' deanamh gach uile nì a réir ä *chomhairle* (i.) agus ä *rùin* fèin. (k.) Tha e *sàrghlic*, (l.) *sàr-fhiosrach*; a' *faicinn* gach uile nì. Tha e uile-chumhachdach; (m.) ro *naomh*; (n.) *fìr-cheart*; (o.) 'nä aonar *math*; (p.) *fìor* agus *tairis*. (q.) Is e *cruth-adair* gach nì. (r.)

II.—Mu'n Trianaid naoimh.

'S i an Trianaid, no an Triar, triùir phearsa na Diathachd, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh, AON Dia.

Genes. i. 26. Agus thubhaint Dia, Deanamaid duine 'n ar dealbh fèin.

(a) Eoin. iv. 24. (b) Genes. xxi. 33; Isai. lvii. 15. (c) Isai. xliv. 6. (d) Deuter. vi. 4; xxxii. 39; 2ra Samuel vii. 22; 1d. Righr. viii. 60. (e) Iob. xxxvi. 26; Ecsod. xv. 18. (f) 1d. Righr. viii. 27; Iob. xi. 8, 9; Salm. cxxxix. 7-10. (g) Salm xlvi. 7; l. 10, 12; Ecsod. ix. 29. (h) Taisb. xix. 16. (i) Isai. xl. 13. (k) Ecsod. iii. 14; iv. 11; Genes. i. & ii; Iob. xxxvii. & xxxviii; Gnath-fhoc. xix. 21; Isai. xiv. 24. (l) Salm clxvii. 5; Isai. xl. 28; Eséci. xi. 5. (m) Genes. xvii. 1; xviii. 14. (n) 1d. Samuel ii. 2; Taisb. iv. 8. (o) Taisb. xv. 3; Salm lxxxix. 14. (p) Mata. xix. 17; Salm exix. 68; exlv. 9. (q) Ecsod. xxxiv. 6; Air. xxiii. 19; Deuteron. xxxii. 4; Isai. xl ix. 7; 1d. Chorint. i. 9. (r) Genes. i. 1; Isai. xl. 28; Gniomhar. iv. 24.

Genes. xviii. 2. Agus feuch bha *triùir* dhaoine 'n än seasamh làimh ris.—r. 17, agus thubhairt *an Tighearna*. Mata iii. 16. Agus an uair a bhaisteadh *Iosa*—feuch dh'fhosgladh nèamh dha, agus chunnaic (*Eoin*) *Spiorad Dhé* a' tùirling mar choluman, agus a' teachd air-san : 17, agus, feuch, guth (*an Athar*) o nèamh ag ràdh, Is e so mo Mhac gràdhach, anns am bheil mo mhòr-thlachd. *Faic* 1d. *Eòin*. v. 7.

III.—Mu Chriost.

Isài. vii. 14. Feuch bithidh òigh torrach, agus beiridh i *mac*; agus bheir i Emanuel mar ainm air. *Faic* Mata i. 23; Lùcas i. 27; ii. 6, 7.

Eoin i. 1. O thùs bha am *Facal* (ann), agus b'e am *Facal Dia*.

Micah v. 2. — aig an robh ä dhol amach o shean, o làithibh na *Siorruidheachd*.

Eoin x. 30. Mise agus an t-Athair, is aon sinn.

Isài. liii. 7. — thugadh e mar *uan* chum a' chasgraiddh. *Taisb.* xiii. 8; *Eoin* i. 29; 1d. *Phead.* i. 19. *Faic* Rom. i. 4; viii. 3; *Mat.* i. 20; *Luc.* i. 35; *Eoin* viii. 46; *Eabhr.* iv. 15.

IV.—Mu'n Spiorad Naomh.

Ris an Spiorad Naomh theirear "Sporad Dhia" agus "Sporad Chriost."

Luc. xxiv. 39. Cha-n eil aig *spiorad* feòil agus cnàmha.

Genes. vi. 3. Agus thubhairt *an Tighearna*, Cha bhi *mo Spiorad* a' strì ris an duine a ghnàth.

Rom. viii. 9. Mur'eil *Sporad Chriost* aig neach, cha bhuin e dha.

Genes. i. 2. Agus bha *Sporad Dhé* a' gluasad air aghaidh nan uisgeachan.

Iob. xxvi. 13. Le ä spiorad sgeadaich e na nèamha.—*Faic Eseci.* xxxvi. 27.—*Eoin.* iii. 5.—Mata iv. 1; xxii. 43.—*Luc.* ii. 27.—*Eoin* vi. 63.—Rom. viii. 16, 26.—

1d. Chorint. ii. 10.—2ra Corint. iii. 17.—Galati. v. 22.
 —Ephes. v. 9.—1d. Phead. i. 12.—2ra Pead. i. 21.—
 1d. Eoin v. 6.

V.—Mu'n droch spiorad, agus 'oibríbh.

Iud. i. 6. Na h-aingil nach do ghléidh an céud inbhe.
 Mat. xxv. 41. — an teine siorruidh a dh'ullaicheadh
 do'n diabhol agus d' à ainglibh.
 Genes. iii. 4. Agus thubhairt an nathair ris a' mhnaoi,
 Gu cìnnteach cha-n fhaigh sibh bàs.
 Taisb. xii. 9. Agus thilgeadh am ach an dràgon mòr, an
 t-seann nathair sin ris an abrar an diabhol agus Sàtan,
 a tha mealladh an t-Saoghal uile.
 Genes. iii. 13. — agus thubhairt a' bhean, Mheall an nathair
 mi, agus dh'ith mi.—Faic Sechari. iii. 1.—Mat.
 xiii. 19.—Luc. viii. 12; xxii. 31.—Gniomhar. v. 3; xiii.
 8, 9, 10.—Ephes. vi. 11, 12.—1d. Tesalòn. ii. 18.—
 1d. Phead. v. 8.

VI.—Mu chruthachadh, mu pheacadh, mu thuitem,
 agus mu thruaighe an duine.

Genes. i. 27. Agus chruthaich Dia an duine 'nä dhealbh*
 fein.
 Ecclesiæ. vii. 29. Rinn Dia an duine dìreach.
 Genes. iii. 6. Agus ghabh i d'á meas agus dh'ith i, agus
 thug i mar an ceudna d' à fear maille rithe, agus
 dh'ith e.
 Genes. vi. 12. Agus dh'amhairc Dia air an talamh, agus,
 feuch, bha e truaillidh; oir thruaill gach uile fheòil à
 slighe air an talamh.
 Rom. iii. 12. Chlaon iad uile (as an t-slighe); tha iad
 uile mi-tharbhach; cha-n eil neach (ann) a ta deanamh
 maith, cha-n eil fiù a h-aon. Faic. Salm xiv. 3.

* Cha-n e à chorp, ach 'anam; oir cha-n eil corp aig Dia.

Rom. v. 12. Uime sin, mar a thàinig am peacadh a steach do'n t-saoghal tre *aon* duine, agus am bàs tre 'n pheacadh; amhuil sin, mar an céudna, thainig am bàs air na *h-uile dhaoinibh*, do bhrigh gu'n do pheacaich iad *uile*.
 Faic. Genes. xviii. 20—25; Iosua vii. 20—24.

Rom. vi. 23. Oir is e *tuarusdal* a' pheacaidh am *bàs*.

VII.—Mu shaoradh pheacach trid Chriost.

Genes. iii. 14. Agus thubhairt an Tighearna Dia ris an nathair,—15, Cuiridh mi naimhdeas eadar thusa agus a' bhean, agus eadar do *shiol-sa* agus á *siol-se*; bruthaidh esan do *cheann*, agus bruthaidh tusa á *shàil-san*.

Eoin iii. 16. Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e 'aon-ghin-Mic féin, chum 's cia bith neach a *chreideas* ann nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige. *Faic* 1d. Eoin iv. 9, 10.

1d. Chorint. xv. 3. Oir, thug mi dhuibh air tùs an nì a fhuair mi mar an céudna, Gu'n d'fhuair Criost bàs air son *ar* peacanna.

2ra Corint. v. 15. Agus gu'n d'fhuair e bàs air son nan uile. *Faic* 1d. Tesalòn. v. 10.—1d. Phead. iii. 18; ii. 24.—Titus ii. 14.

VIII.—Mu na nithibh a tha mar fhiachaibh oirnn a dheanamh, mu'm faigh sinn slàinte air sgàth na dh'fhuling Criost.

Eséci. xviii. 32. Oir cha-n eil tlachd agam-sa ann am bàs an ti a bhàsaicheas, deir an Tighearna; uime sin, *pilibh-se*, agus mairibh beò.

Mata. iii. 2. Deanaibh *aithreachas*.—Mat. iv. 17.

Isài. lv. 7. *Tréigeadh* an t-aingidh á shlighe, agus an duine éucorach á smuainte; agus *pilleadh* e ris an Tighearna.

1d. Tesalòn. v. 22. Seachnaibh gach uile *choslas* uile.

Mata. xxvi. 41. Deanaibh *faire* agus *ùrnaigh*, chum nach tuit sibh 'am buaireadh.

Mat. vii. 12. Gach ni bu mhiann leibh daoine eile a dheanamh ruibhse, deanaibh-se sin riù-san.

Mat. v. 34. Na tugaibh *mionnan* idir.

Ephes. iv. 29. Na tigeadh cainnt *thruaillidh* air bith mach as bhur béul.

Eoin xiv. 15. Ma's toigh leibh mise, *coimhidibh* m'âithne-tean.

Micah vi. 8. Dh'fheuch e dhuit, O 'dhuine! ciod a tha math:—agus, ciod a tha an Tighearna ag iarraidh ort ach an ceartas a dheanamh, tràcair a ghràdhachadh, agusimeachd gu h-iriosal maille ri d' Dhia?

Isäi. lv. vi. *Iarraibh* an Tighearna, am feadh a ta e 'r à fhaotainn; *gairmibh* air, am feadh a ta e 'am fagus.

Amos. v. 4. *Iarraibh-se* mise, agus mairidh sibh beò.

2ra Pead. iii. 18. Fàsaibh ann an gràs, agus ann an *eòlas* ar Slànuighir Iosa Criost.

Colos. an 3s. caibdeal uile.

Id. Tesalòn. iv. 11. (Ghuidheamaid) gu'n dean sibh ur dichioll a bhi *ciùin*, agus ur gnothaichean féin a dheanamh, agus *saoithreachadh* le ur làmhreibh féin (amhul a dh' àithn sinne dhuibh.)

Id. Phead. ii. 17. Biadh eagal *Dhé* oirbh. Thugaibh urram do'n *Righ*. f. Rom. xiii. 1, 2.

Id. Tesalòn. v. 17. Deanaibh *ùrnaigh* gun sgur.

Ephes. vi. 1. A chlann, bithibh ùmhail do ur párrantaibh féin anns an Tighearna; oir tha so ceart. 4. Agus, athraiche, na *brosnaichibh* ur clann chum feirge; ach togaibh iad ann an *oilean* agus ann an *teagastg* an Tighearna.

Colos. iii. 22. A sheirbhiseacha, bithibh ùmhail do 'r maighstiribh.

Colos. iii. 18. A mhathan, bithibh ùmhail do ur fearaibh féin, anns an Tighearna. 19. Fheara-pòsta, gràdh-aichibh ur mnathan, agus na bithibh searbh 'nän aghaidh.

Galat. vi. 9. Na sgìthicheamaid de mhath a dheanamh; oir, ann an àm iomchuidh, buainidh sinn, mur fannaich sinn.

Taisb. ii. 10. Bi-sa dileas gu bàs, agus bheir mise dhuit crùn na beatha.

IX.—'S éudar dhuinn seasamh ris na nithibh ud, gu bunailteach, buan.

Lùcas xiii. 3, 5. Mur dean sibhse aithreachas, sgriosar sibh uile mar an céudna.

Eoin iii. 36. An ti a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mhairionnach aige; ach, an ti *nach eil a' creid-sinn* anns a' Mhac, cha-n fhaic e beatha; ach tha fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh *air*.

Esec. xxxiii. 19. Ma *philleas* an t-aingidh air falbh o 'aingidheachd, agus gu'n dean e an ni sin a ta dleas-dannach, agus ceart, mairidh e beò d'ā chionn.—*Faic Esec. xviii. 20—gu 32.*

Eoin iii. 7. Is éigin duibh bhi air ur breith a rìs.

Rom. viii. 9. Mur eil Spiorad Chrìost aig neach, cha bhuin e dha. ('se sin *do Chrìost*.)

Gníomh. ii. 38. Deanaibh aithreachas, agus bithibh air ur baisteadh gach aon agaibh, ann an ainm Iosa Criost, chum maitheanais pheacanna, agus gheibh sibh tiodhlac an Spioraid Naoimh.

Mata. xviii. 3. Mur *iompaichear* sibh, agus mur bi sibh *mar leanabana*,—cha teid sibh a steach do rioghachd nèimh.

Lucas vi. 46. C'ar son a their sibh *riùm-sa*, a Thighearna, a Thighearna, agus nach *dean* sibh na nithe a ta *mise* ag ràdh?—*Faic Rom. ii. 13; Mata v. 19; Luc. xii. 47; Séum. i. 25.*

Eabh. xii. 14. Leanaibh *sith* maille ris na h-uile dhaoinibh, agus *naomhachd*, a dhìth nach faic neach air bith an Tighearna.—*Faic Id. Chorint. vi. 9, 10.—Eabh. x. 38; Luc. ix. 62.*

X.—Mu'n dòigh air am faighear gràs agus neart o Dhia chum ar dleasdannas a choillionadh.

Lucas xi. 9. *Iarraigibh*, agus *bheirear* dhuibh; *siribh*, agus *gheibh* sibh; *buailibh* (an dorus) agus *fosgailear* dhuibh.

Id. Eoin i. 9. Ma *dh'aidicheas* sinn ar peacanna, tha esan fìrinneach agus ceart, chum ar peacanna a *mhaitheadh*

dhuinn, agus ar *glanadh* o gach uile neo-fhireantachd.
—*Faic* Lebhit. xxvi. uile.

Roni. x. 9. Ma dh'aidicheas tu le d' bheul an Tighearna Iosa, agus ma chreideas tu *ann do cridhe*, gu'n do thog Dia o na marbhaibh e,—saorar thu.

Eoin v. 39. Rannsaichibh na scrioptura.—*Faic* Gniomh. xvii. 11.—2ra Timot. iii. 15.

Marc. xvi. 15. Imichibh air feadh an t-saoghail uile, agus searmoinichibh an soisgeul do gach créatuir; 16. Cia bith a *chreideas* agus a *bhaistear*, saorar e.—1d. Phead. iii. 21.—Gniomh. ii. 38; viii. 12, 38; xvi. 31, 33.

Eoin vi. 53.—Mur *ith** sibh *feòil* Mhic an duine, agus mur *òl** sibh *'fhuil*, cha-n eil beatha agaibh annaibh.

Faic r. 54. gu 58.—1d. Chorint. xi. 23, 24, 25, 26.—Salm cxix. 1—16.—Gnàth-fhoc. iii. 5, 6.

XI.—Mu'n Bhàs.

'Se an *céud bhàs* dealachadh an *anama* ris a' *chorp*.—
'S e "an *dara bàs*" léireadh sìorruidh a' chuirp 's an *anama* 'an ifrinn.

Genes. ii. 17.—Oir, an là a dh'itheas tu dhith, air chinnte *bàsaichidh* tu.

Genes. v. 5. Agus b'iad uile làithean Adhaimh a bha e beò, 9 ceud agus 10 bliadhna 20d; agus *fhuair e bàs*.

Ecclesiás. ix. 5. Oir tha fios aig na beòthaibh gu'm faigh iad *bàs*. *Faic* Deuter. xxxi. 14; Iosua xxiii. 14; Iob xiv. 5; Eabhr. ix. 27.

Mata xxiv. 44.—Oir is ann an uair nach saoil sibh, a thig Mac an duine. *Faic* Marc. xiii. 33; Luc. xii. 40; Gniomhar. v. 5, 10; Gniomh. xx. 9.

* 'S e sin, *gu spioradail*, (rann 63; & 1d. Chorint. caib. x. 4): oir cha d'itneadh 's cha d'òladh riabh feòil no fuil Chriosta *gu corporra*, ach *aran* agus *sion* tur mar *shàmhlaidh* orra. Bha Corp Chriosta *slànn* fallain an uair a thuirt e gu'n robh e *briste*. 1d. Chorint. xi. 24.

XII.—Mu'n Aiseirigh.

'S i an aiseirigh ath-theachd-beò nam marbh.

Dàniel xii. 2. Agus dùisgidh mòran dhiùbhsan a ta 'nän codal ann an duslach na talmhainn,—cuid gu beatha shiorruidh, agus cuid gu näire agus masladh bith-bhuan.—Eoin v. 28, 29.

Eoin xi. 23. Thubhairt Iosa rithe, “éirigh do bhràthair a ris.—Faic r. 24.—Gniomh. xxiv. 15.

1d. Chorint. an 5mh. caib. déug uile.—2ra Corint. iv. 14.

XIII.—Mu'n Bhreitheanas.

‘S e 'm breitheanas a' bhìnn-shaoraidh no dhìtidh a bheir Criost air a' chinne-dhaoine, 'nuair sheasas iad uile 'nä fhianais air an la dheirionnach.

1d. Shàmuél ii. 10. Bheir an Tighearna *breth* air crìoch-aibh na talmhainn, &c.—Salm xvi. 10, 13; Dàniel vii. 9, 10.

Mata xii. 36. Tha mi 'g radh ribh, Gu'n toir daoine cùnnatas, là a' bhreitheanais, airson gach focail dhiomhain a labhras iad. F. Mata xiii. 40. gu 43.—Mata xvi. 27; xxv. 31, gu crìch.—Gniomh. xvii. 31; Rom. xiv. 10; 1d. Chorint. xv. 52; 2ra Corint. v. 10; 1d. Tesalòn. iv. 16, 17; 2ra Tesalòn. i. 5, gu 10.

XIV.—Mu nèamh agus á sòlasaibh.

Mata vi. 9. Ar n-Athair a tà air *nèamh*.

Mata xiii. 43. An sin dealraichidh na fìreana mar a' ghrian ann an *rioghachd* an Athar f in.

1d. Pheadar. i. 4.—*Oighreachd* neo-thruaillidh, neo-shalach, agus nach searg as.

Taisb. vii. 9, gu crìch.—Taisb. xiv. 1, gu 6.

XV.—Mu Ifrinn.

Mata xiii. 50. Agus tilgidh siad iad san àmhuinn theintich:—an sin bithidh gul agus giogsan fhiacal. F. Mata iii. 12; v. 29; viii. 12; xxii. 13.—Luc. xvi. 23.

CEISTEAN.

Ciod e aibidil? Ciod e fonn? Ciod e co-fhonn? lom, eaigneach, soimeasgail? Cia lion fonn a ta ann? Cia lion dhiu leathann? Cia lion caol? Am beil *l, n, r*, eaigneach? Ciod e smid? Smid-thoisich? Smid-dheiridh? C'ait a bheil fuaim *sh* aig *s*? Ciod an dealachadh tha eadar so agus seo? Ciod e fuaim *bh*, *mh*, *ph*, *ch*, *gh*, *dh*, *fh*, *sh*, *th*? Ciod e fuaim *d*, 'san ris-smid *chd*'? Ciod e tāthan agus dīth-ail? Ciod e gearradh? C'ainm a th'air *h*-? air *t*-? agus air *a*', *d*', *m*'? Ciod e smid-ghleus agus fonn-ghleus? Ciod e ainm, feairt, gniomhan, agus cineal? Cia lion cineal aig ainmean? Cia lion *Car* air ainm? Cia lion carachadh 's a' Ghāidhlig? Ciod an ceannsal a th'aig *do*, *fo*, &c.? Ciod e am mionan? Cia lion mionan, 's a' Ghāidhlig? Cia lion *riochd* aig feairt? Càit an càirear na riocordan sin? Cia an carachadh do'm buin *òg*, *droch*, *buainte*? Ciod an dealachadh eadar slat *mara*, agus slat-*mhara*? Ciod e ion-ainm, agus *tòiseach*? Cia lion *modh* aig gniomhan? Cia lion *trà* aig gach modh? Ciod e an *dean-anach*? 's an cuspair? an so, *Sgrìobh Pòl litir*? Cia e spreigeach a' ghniomhain *Loisg*? Innis dhomh an 3s. neach aonarra spreigeil, 'san trà bha, de mhodh murrach a' ghniomhain *Tog*, gu ceisteach, àicheach, aidmheach? Am beil guth creanail aig a' ghniomhan so? Cia e ä chreanach?

AN CLAR-AMAIS.

Ag, a',	17	Gníomhan,	46, &c.
Altachadh,	6	Litir lom,	1
An Aibidil,	1	... chaigneach,	1
Ao, aoi,	21	Ll, nn, rr,	23
Bh, ch, dh, &c.	11	Na fuinn,	1
Cadagal narat,	20	Na co-fluinn,	1
Cn, gn, tn,	23	Na c ghléiste,	1
Coimeas fheairtean,	43, 44	Na c shoimeasgail,	4, 5
Cóir-smidean,	45	Na guthan,	48
Dà fhuaim <i>s</i> ,	5, 19, 20	Ph,	8
Dàimhein,	45	Rianachadh,	48, &c.
Dearcain,	45	Riochd,	37
Dh'fh,	45	Ris-smidean,	25
Diolairean,	46	Sh,	12
Feòirichean,	46	Smidean,	2
Fh,	11, 12	Th,	13
Fuaim àraidh <i>a</i> , 13, 16; <i>e</i> , 14, 16;		Ua, uai,	22
o,	14, 16		







